

CÖINNEACH'US CÖILLE

MACDHÒMHNUILL

INBHIRNIS

National Library of Scotland



B000477010

CÒINNEACH 'US COILLE

ÓRAIN

AGUS DUAIN GHÀIDHEALACH

LE

ALASDAIR MACDHÒMHNUILL

("MACDHÒMHNUILL")



Enbhirnis:

THE NORTHERN COUNTIES PRINTING AND PUBLISHING
COMPANY, LIMITED.

—
1895.

BRITISH LIBRARY
ONLINE ARCHIVE

CONTENTS.

PART FIRST.

	<i>PAGE.</i>
Mo Dhachaidh Ghaidhealach	1
Cruinneag Dhiomhach	3
Mo Chaileag Ghaidhealach	4
Gleannamoireasdain	6
Oran Leannanachd	7
Am Baile Beag tha 'm bun na 'm Beann	9
Am Fear-Fuadain	10
Luinneag	12
A Bhuachailleachd	13
Mo Chaileag bheag bhoidheach bhan	14
Air cul Achleagan Boidheach	15
Focail Ghaidhlig do 'n Fhonn—"Ye Banks and Braes o' Bonnie Doon"	16
Cnoc-na-h-Ath	17
Bruadar Gaoil	18
Tom-an-t-Sheomair	19
Do Mhairi	20
Am Foghar	22
Maighdeann Og Dhailchuilinn	25
Facail do Bhannsuir'each 'o Ghille, air dha tuiteam ann a' mi-fhortan	26
Am Freagradh	27
Luinneag	28
Mo Dhuthaich	29
Anna Dhail-na-Creich	30
Mairi Og an Fhuilt Chlannaich	31
Duanag	33
Smuaintean Gaoil	34
Dealachadh	35
Oran Duthcha	36
Cuimhneachan Gaoil	38
Mairi Ghuanach	39

	PAGE.
Ealaidh Ghaoil	40
Smuaintean	41
Achnanconeran	42
Thug Mi Gaol do the Bhan	44
Guanag na Duthcha	45
Dealachadh Eile	46
Seonaid	47
C' ait an diugh 'm beil an Ainnir ?	48

PART SECOND.

Sgeulachd	49
Oran do Chomunn Chlann Domhnuill	54
Cumha Mathair	57
Leam Fhin	59
Cumha Mnatha	60
Rannan Cuimhneachain air Mairi Nic-Ealair	61
Do n' Mhiosail Ghaidhealach—1892	63
Dan	65
'An Cuimhneachan	66
Do 'n Duillcach	67
Mort Ghlinnecomhann	69
Prionns Tearlach ann an Gleannamoireasdain—1746	70
Miann an Triuir Bhraithrcan a bha 'n Coire-Dhodha	73
Cumha Leannanachd	75
Am Bas	77
An Guthan Beag	82
Aithrcachas Posaidh	84
Posadh na h-Oige 's na h-Aois	85
Failte Phadruig Grannda do Gleanuamoireasdain, 1881	86
Gleannamoireasdain a' measg a Shluaign	87
Mar Chuimhncachan air Tighearna Ghrann'd—1881	89
Na Laithibh 'Dh' Fhalbh	91
Do na h-Uaislean a bh' aig Dinneir Comunn Gaelig Inbhirnis, 1882	93
Do na h-Uaislean a Shuidh aig Dinneir Comunu Gaelig Inbhirnis, 1886	95
Do Dhochas	97
Oran Mulaid	99

	PAGE.
Cumha na h-Ighnaig	100
Focail Ghailig do 'n Fhonn "Under the Willow"	101
Do 'n t-Shiataig	102
Apologia pro Aqua-Vitæ	104
Mac-tall' Eas-nan-Smuid da 'Chairdean—1895	108
An Fhiach Dhuinn a bhi Beo?	110
Am Feileadh Beag	114
Oran	117
Tighinn an t-Shamhraidh—Earann	118

P R E F A C E.

My principal object in publishing these verses is to make whatever humble effort I can to popularise and encourage native song-singing among Highlanders of the present day. This, it must be admitted, has now become largely a forgotten art, as compared with what at one time it was. I believe one reason to be that most of the productions of our ancient Bards, beautifully poetic as they unquestionably are, do not lend themselves readily to modern popular singing. If, for instance, "The Beauties of Gaelic Poetry"—that grand monument of the poetic inspiration of the Celtic past—be examined, surprisingly little will be found in the work suitable for the requirements of a Gaelic concert. It is the same with most other collections. With few exceptions, the pieces which they contain are altogether too long, and, in fact, much more poems than songs. Accordingly, we find the fugitive effusious of the Highlands generally in vogue for singing purposes. Of light lyrical poetry there is still, however, a scarcity. I do not presume even to think that I have to any appreciable extent supplied this want. All I take the liberty to point out in that connection is that I believe my effort to be at least suggestive of what popular Gaelic poetry must in future be. A change has come entirely over the spirit of the time when the people would chant lengthy genealogies and stirring descriptions of heroic deeds; even long poems on such subjects as the Seasons—a favourite theme with Highland Bards—would, in our time, be received with coldness. I believe, indeed, that the Highland mind still remains very largely virgin soil to the lyrical poet, except in so far as influenced by the love songs, of which the country possesses numerous and excellent specimens.

Another object I have in view is to preserve some sweet and plaintive Highland airs, the original words to which are either difficult to get or have entirely disappeared. This

will explain my adaptation of a few choruses, in which some of my readers may recognise traces of the originals. To these airs I composed such words as I considered to be in sympathy with their spirit and sentiment. Whether I have succeeded in this I leave with my readers to judge. At one time I intended to include the music of the airs in my Book. But this I latterly found impracticable. If, however, I could be instrumental in perpetuating a few of these tender strains, I should consider my services to my native country important, and my efforts richly rewarded.

I have to crave the indulgence of my critics for not a few imperfections in the Book. But I desire it to be distinctly understood that to do the poetry any justice at all, every piece, except a few of the longer ones, should be *sung*. In the interests of fluent versification and idiomatic expression, I have taken some trifling liberties with orthodox Gaelic spelling—if there is such—which I hope will be readily forgiven. But I have been indifferent only to those peculiarities of Gaelic orthography which are more or less in question among writers of the language. I have dispensed with accent-signs almost altogether, and, in numerous cases, with apostrophes. I regret, however, not having had time to give this feature of my work the necessary attention. But in the midst of continuous hard work I found this, on the present occasion, out of the question. I claim not for these verses that they are a work either of poetry or of art; but I hand them over to the reader in the hope that there will be found in them something to awaken sympathy, to intensify love, to sweeten joy, and to reconcile to sorrow.

A. M'D.

INVERNESS, November, 1895.

COINNEACH 'US COILLE.

A Cheud Phairt.

ORAIN DUTHCH' AGUS DUANAGAN GAOIL.

Mo Dhachaidh Ghaidhealach.*

Air fonn—“ A nochd gu'r faoin mo chadal dhomh.”

CIA'RSON a tha mi muladach
Fo chumh' agus fo ghruaim ?—
Mo shuil air call a sealladh,
Agus m' aghaidh gun a tuar ?—
Airson nach fhaod mi tuilleadh
Dhol gu mullach na 'm beann fuar,
Na shiubhal feadh na 'm beallaichean,
'S na 'n gleanna' mar bu dual.

'S e 's fheudar dhomhsa fuireach
Ann am baile dubh na 'n smuid ;
Cha b' ionnan 's a bhi manranachd
A' measg na 'n lan-choill dlu,
'N uair bhiodh an Samhradh ro-mhaiseach,
Fo thrusgan oirdhearc, cubhr',
A ceumadh air bharr neoineanan,
'S a sgapadh ros 'us fhlur.

An dean mi nise gairdeachas
Ri sraidean 'us ri 'm fuaim,
An deigh an uine bha mi
Feadh na 'n coire blath 's na 'm bruaich
'S ann chrochas mi mo chlarsach
Ri taobh uisge grannda Chluaithe,
Mar Israel aig Sruth Bhabiloin,
'S mo chridhe snamh an gruaim.

* By permission of the “ Comunn Gaidhealach,” Glasgow .

O ! 's tric, O ! 's tric mi durachadh
 'Bhi 'm bun an Duin a risd,
 'S a chroit 's an robh mo chairdean
 'S anns an d' airicheadh mi fhin ;
 Bu taitniche na oighreachd leam,
 'S na saoibhreasan gach tir,
 A bhi na m' dhachaidh Ghaidhealach,
 'S ochoin ! cha 'n fhagainn-s' i.

Air toman flurach, feoirneanach,
 Fo dhion cnoc mor an Duin,
 A bha mo dhachaidh bhoidheach-sa,
 Da 'm bi ri m' bheo mo run ;
 'S a nise 's buidhc leam bruad'lachadh
 Air m' uallachas 's mo mhuirn,
 Mu 'n d' fhuair mi aobhar smuaineacheadh
 Air caradh cruidh mo dhuthch'.

'S gur tric air sgeithibh aisling mi
 An sud air ais a risd,
 A g' eisdeachd scisd 'us oranan
 Na 'n coin feadh gheug-phris mhin ;
 'Us te mo ghaoil ann comhla rium,
 'S mi cumail comhra' ri,
 Mar nach b' ainmig dhiomhsa
 Mu 'n robh 'n Gleanna-Mor na fhrith.

'S chi mi bhealaidh phcallagach
 Bh'air cul an tigh, 's am fraoch,
 Chi mi 'n caorann meanganach,
 'S am barrach air gach taobh ;
 'S na preasaibh meanbha, measanach,
 Bha 'n cladach cas an uillt,
 Ri gathan geal na maidne
 Deanamh aiteas agus aoidh.

'S na m' chluasaibh guth na h-Iar-ghaoth
 Tigh'nn a nios bho shliabh 'us ghleann,
 A dusgadh aird 'us iosail
 Gu ceol binn bu tiamhaidh srann ;

'S greis eile g' innseadh sgialachd
 Air an tiom 'o chian a bh' ann,
 Do 'n Bheinne-Bhan, 'us ciambagan
 An liath-cheo air a ceann.

Mar aon ri gaillionn Geamhraidh
 Agus anns an t-Shamhradh chubhr',
 'S c miann na 'n Gaidheal glcainntaichean
 'Us beanntaichean na duthch' ;
 'S a Righ ! nach mise chitheadh iad
 A rithisd, mar 'o thus—
 Gach coill' 'us monadh saor aca,
 Gach loch 'us caochan buirn.

Cruinneag Dhiomhach.

'N UAIR chunua' mi thu 'n tos' an Diomhach
 Thug mi gaol duit nach gabh innseadh ;
 'S gus an dean thu tur mo dhiobradh
 Bidh mi stri ri d' bhuannachd.

Tha mo run air a' nighean,
 Bidh mo ruu air a' nighean ;
 'S ged a bhrist a gradh mo chridhe
 Gu brath cha d' thoir mi fuath dhi.

Ged a tha thu nis' dha m' fhagail,
 Bidh mo dhochas riut gu bratha ;
 'S gus an closnaich sgaile a bhais mi,
 Bidh mo ghradh lan bhuan duit.

An lcig thu di-chuimhn' air a ghealladh,
 Thug thu dhomhsa 'n uaigneas badain ?
 Am breugaich thu ghaoil briathraibh t-anam
 Do leannanachd 'us t-uайлse ?

Tha mi nis' eadar dha shaoghal
 'S oidhche shiorruidh air gach taobh dhomh ;
 Ach chi mi thus' a tighinn 's a sgaoileadh
 Solus do ghaoil mu 'n cuairt domh.

Mo Chaileag Ghaidhealach.

*Air fonn--“ Cha ghabh mi te Ghalld’,
Ged bhiodh siod’ agus srol oirr.”*

GED is socrach mo chluasag
Ri taobh Abhainn Chluaithe,
Cha ’n ’eil m’ inntinn ach luaineach—
’S cha dual di gu ’m bi—
Gus am faigh mi a dh’ ionnsuidh
Na te tha mi g’ ionndrain,
Ris ’m bu tric rinn mi sugradh
Mu chul Coir-an-t-Shith’.

Am fas mise suarach
Gu brath air mo ghruagach ?
An tiormaich an cuan,
Na ’n tig fuachd air a ghrian ?
Mar fhuanan an reidh-ghleann
Mo luaidh dhi sior cirigh ;
Mar m’ fhaileas domh fein
Mo throm eud di ’s mo mhiann.

’Nuair a dhealaich mo dhia-bhcan
Fo dhubhar na ’n sliabh riuum,
Bha gnuis ’us a fiamhachd
Bu briaglie na reult ;
Na ’n og mhaduinn shamhraidh
Air chomhnard na ’n gleanntan,
’Nuair bhios ceol air gach crann,
Agus srann air gach geug.

A falt or-lubach, uaibhreach,
A sroladh mu guaillean—
’S gach ciabh agus dual deth
Mu ’n cuairt do mo chridh ;
A gorm-shuilean tlatha—
’S an gaol dha ’n leth bhathadh—
Dha mo chiuradh ’s dha m’ chradh,
Agus gradh agam di.

Bha bilean na h-oighc
 Bu deirge na rosan ;
 Bha gruaidhean bu bhoidhche
 Na neoinean na 'm bruach ;
 Agus *Cupid* dha ghrianadh
 Mu braighe geal, ciachach ;
 B' i taladh na 'n ciad i
 A dh' iarraigd a luaidh.

Bu chumaire nighneag
 Na cruth ann an sioda—
 Slios dealbhach, cruinn, direach,
 Seang, siunteach, glan, reidh ;
 'S a mcanbh-throidhcau bideach,
 Ri fanna-fhluir a briodal ;
 'S iomadh oigfhear a chiosaich,
 A riomhachd 's a ceum.

Nuair a reachadh i chuairteachd
 Na 'n gorm thoman uainc,
 Cha bhiodh feoirnean nach gluaiseadh
 An ullachas gaoil
 Do n' mhaise 's an ailleachd
 'Bh' air an curam an trath sin ;
 Bhiodh a ghrian na bu bhlaithe,
 'S an la na bu chaoin'.

Cha do sheinn ann an cro-choill,
 Cuach, uiseag, na smeorach,
 A rinn ceol na bu bhoidhche
 Na comhradh mo ruin ;
 Bu mhilsc guth fior-bhinn
 Na cagar na h-Iar-ghaoth
 Do 'n an fhcasgar 's e g' iathadh
 Mu chiar-ghlann 'us stuc.

'S cha chuir dusgadh na maidne
 A' m' inntinn mo thaitneas
 'Nuair bha m' anam dha gharadh
 Ri lasag a gaoil,
 Feadh na 'n gorm choire blatha,
 'S na 'n ur chnocan fasor,
 Mar bu mhiann lcam bhi ghnath
 Gus am fag mi an saogh'l.

Gleannamoireasdain.

Air fonn—“Tri ni thig gun iarraidh.”

FHIR a shiubhas air thurus
 Do ghleannan na' monaidhean ard—
 Gleannamoireasdain boidhcach
 Nan doire 's nan ero-choille lan—
 Thoir mo shoruidh le duraehd
 Gun di-chuimhn' gu duthaich mo ghraidh,
 'O ghlaieegan Lunndaidh
 Gu Alltsaidh nan lub-choire blath.

Tha mo chridhe gu siorruidh
 A togar 's a g' iarraidh bhi shuas,
 Feadh nam bealach 's na' mointieh—
 Feadh nan laganaibh comhnard 's nam bruach—
 Feadh nan alltan 's nan easan,
 Nan enocan, nam preasan, 's nan euairt—
 Far an cluinniinn an Iar-ghaooth
 Ri ceol milis a lionadh mo ehluais.

'S an uair a thigcadh an Samhradh
 Bu bhoidheach an gleann air gach taobh,
 'S na pris ghorm-dhuilleanach, gheugach,
 A pogadh a eheile le aoidh ;
 Agus cubhlag 'us smeorach
 Ri aighcar 'us eeol air gach craobh,
 'S a g' innseadh le eibhneas
 Gun robh gairc na Ceit air an raon.

Leam bu taitneach 's an am sin
 A bhi anns a ghleann le mo run—
 Feadh nam foieheagan fcoraeh,
 A tional na' neoinean 's na 'm flur ;
 Cha 'n 'eil saoibhreas air thalamh
 A chuirinnsa eoimeas, na cuirt,
 Ri bhi 'n eaoimhneas mo leaunnain
 A' measg nam prcas barraich 's nan lub.

Oran Leannanachd.

*Air fonn—“ Na 'm faighinn gille ri cheannach
A bheireadh beannachd gu Mairi.”*

Co do 'n innis mi 'n sgeula
Chaidh chur au de na mo chluasan ?
An creid mi gur firinn
An ni thuirt an sluagh rium—
Gu bheil thu 'n diugh do bhcan-phosda,
The 'n fhuilt or-lubaich, dhualaich,
Do 'n d' thug mise 'n gaol siorruidh
A theid sios do 'n an uaigh leam ?

Do 'n d' thug misc 'n gaol siorruidh,
'S an gradh diomhair nach basaich,
'S an trom ghealladh nach dealaich
Rium gc d' mhairinn gu bratha ;
Cia'r son, ochoin ! nach do cheileadh
Orm fear eile bhi 'm fabhar ;
Cia'r sou nach d' fhagadh mi 'n dochas ?
An ann gu bron a chaithd m' arach ?

Cia'r son nach d' fhagadh mi 'n dochas ?
B' feareann an sgleo na bhi falamh ;
'S cia'r son nach d' fhagadh 's an duil mi
Gu 'm bithinn a sugradh riut fhathasd ?—
Mar is minig a bha mi
Ann an aiteachan falaich,
A g' eisdccachd ceilcaradh boidheach
Am barr nan og-phrcasan barraich.

A cluinntinn ceileadaradh taitneach
Nan eunan breac-itcach, seisdeach—
Ceol tha tuilleadh guu bhlas domh
Gun tc mo thlachd leam dha cisdeachd ;

Ciod a shasuicheadh riamh mi
 Ach tromh iasad do leirsinn-s' ?
 'S cia'r son a rugadh mi idir
 Ma tha thu nise dha m' threigsinn ?

Cia 'r son a rugadh mi idir
 Ma 's briste'-cridhe mo chrannachur ?
 Cia'r son nach d' ioslaich am bas mi
 An uair a bha mi na m' leanaban ?
 Nach bu shocrach bhi 'm shineadh
 A' measg mjin-smuir na talmhuinn,
 Seach bhi siubhal air uachdar
 'Us thus' a-luaidh dha mo dhearmad ?

A bhi siubhal tromh 'n t-shaoghal-s',
 Gun thu a ghaoil a bhi comhl' rium—
 'S mo la gun solus gun soillse—
 Mar an oidhche dhomh 'n comhnuidh ;
 Ach ma chuir thu do chul rium
 Biodh mo dhurachd 's mo dheoin duit,
 Ge b' fhearr nach fhaca ni riamh thu,
 A dh' ftag fo phian ri mo bheo mi.

Am Baile Beag tha 'm bun na 'm Beann.

Air fonn—“A nighean bhan tha 'n Achaluachrach.”

A dh' aindeoин taobh 'o 'n scid a ghaoth
 Leam fhin 's ro chaomh 'o shuas i—
 'O dhuthaich m' eud, 's dol fodha na grein,
 Na 'n dail, 's na 'n reidhlcan uaine ;
 Tha fonn 'us fallaineachd 'us fas
 'S gach osag chairdeach, chuanar,
 A thig a mhan 'o ghleannuaibh ard
 Na 'n coire blath 's na 'n cuairteag.

Tha baile beag 'am bun na 'm beann
 Gu h-ard an gleann mo luaidh-sa,
 'S ann leam bu mhiann bhi fuireach ann,
 Ged bhiodh an geomhradh fuar ann ;
 Na 'r suidh' an caoimhneas tinctein blath,
 Ri ccol 's ri gairdeas uallach,
 Cha mhor a ruigeadh oirnn do n' ghaoir
 Bhiodh feadh na 'n raon mu'n cuairt duinn.

'S ann mar bu labhra seisd na'n gaoith'
 A' incasg na'maoil chnoc fuara,
 'Us mar bu treasa srann 'us caoir
 Na 'n allt' ri taobh na 'n cruachan,
 Bu chomhfhurtaiche 'm bothan blath
 Fo dhion na 'n ard bhccann gruamach ;
 Car mar is boisgeannt' chithear rcult
 'Nuair 's duirche 'n speur mu'n cuairt di.

'S an uair a thigeadh samhradh ur
 A dhusgadh fhlur 'us luachair,
 'S a sheinneadh cubhag a gug-gug,
 Air bharr na 'n dlu-phrcas cuachach ;
 Cha 'n fhacas aon ait' eilc riamh
 Bu bhoidhche fiamh, 's a b' uailse,
 Na 'm baile beag tha 'm bun na 'm beann
 Gu h-ard an gleann mo luaidh-sa.

Am Fear-Fuadain.*

Air fonn—“ Tha gaol na ‘m boirionnach ‘s an oige.”

CHA ‘N iognadh mise bhi fo phramh
 ‘S mo chridh bhi craiteach, ciuirte,
 An deigh mo chul a chur gu brath
 Ri m’ cbaирdean ‘us ri m’ dhuthaich ;
 O ! ‘s beag mo thogail ris an t-sal,
 Cha b’ ionnan ‘s aird na’n stuc-bheann,
 ‘S a bhi feadh na’n coire blath,
 Na’n gleann, ‘s na’m fas-choill cubhraidh.

Thilg mi h-uile ni air falbh
 A bha mi ‘n earbsa bhuanachd,
 ‘S cha mor nach b’ fhccarr leam a bhi marbh
 Na beatha shearbh thair chuaintean ;
 Mo thruaighe ‘n duthaich as am faodar
 Bhi cur dhaoin’ air fuadan ;
 Mo thruaighe ‘n tir a tha fo chis
 Aig luchd na ‘m frith ‘s na’m buachaill’.

Cha chluinn mi nochd guth min mo mhathair
 Seinn na’n dan ‘s na’n duanag,
 Na briathran taitneach m’ athair gradhach,
 Mar a b’ abh’isd na m’ chluasan ;
 ‘S cha chluinn mi banarach na’m bo—
 Mo Mhali bhoidheach, ghuanach—
 A gabhail luiinneag anns a chro,
 ‘S na laoigh ri ecol mu’n cuairt di.

‘S cha chluinn mi chubhag air a gheug
 Moch maduin Cheit ri h-oran,
 ‘S cha d’ thig do m’ ionnsuidh m’ eirigh grein
 Guth taitneach reidh na smocraich ;
 ‘S cha chluinn mi ghaoth air feadh na’n gleann,
 A deánamh srann-cheol boidheach,
 Na fuaim na’n sruthan ‘us na’n allt’
 A tighinn an ceann na’ Mor-eas.

* By permission of the “ Comunn Gaidhealach,” Glasgow.

A neul a chi mi os mo chionn
 A dol a dh' ionnsuidh m' dhuthaich,
 Thoir soraidh bhuamsa do'n Taobh-Tuath,
 Do 'm bheil mo luaidh 's mo runachd ;
 Ge b'e aite 'm bi mo shaoghal
 Bidh mi chaoidh an durachd
 Do thir na'm beann, na'n gleann 's na'n ion,
 Na'n dail 's na'n cro-choill' flurach.

'Us eoin a chi mi anns an speur,
 Ma bheir do sgeith Ghleann-Juil thu,
 Thoir soraidh bhuamsa dh' ionnsuidh 'n te
 Ri'm b' abb'sd dhomh fhein bhi sugradh,
 No Mhali bhoidhcach a bhiodh deonach
 A bhi 'n comhnuidh dlu dhomh,
 Nighneag a chuil bhachlaich or-bluidh,
 'S e do phog nach diulltainn.

Chi mi seachad ri mo thaobh,
 'S a h-aodach ann an ordugh,
 Long bhriagh, mhaiscach, roimh na ghaoth,
 Gu tir mo ghaoil a seoladh ;
 'S buidhe lcam sealltuinn as a dcigh
 Cho fad 's is leir dhomh sgleo dhi,
 'Us leanaidh mo chridhe i gach la
 Gu duthaich ard na' mor-bhcann.

Luinneag.

'S FADA, 's fada learn a tha mi
 'N so am baile mor na 'n sraidean ;
 B' e mo mhiann a bhi dha fhagail,
 'S cul gu brath chur ris 's a mhaduinn.

Tha mi sgith do ghlagraich Bheurla—
 'S toilichte dheanains' a treigsinn
 Airson a chanain aluinn, cheutach,
 Chleachd mi eisdeachd na m' leanabh.

Nach bu taitneach cainnt mo dhuthcha—
 Ghaclig aghmhor, bhathmhorr, shughor,
 Seach sgreadail leibideach nan Du-ghall,
 Bhi dha m' dhusgadh na mo leabaidh ?

An canan foinnidh, loinneil, priseil,
 Fonnmhor, tlachdmhor, blasmhorr, fiorghlan—
 An canan eireachdail, caoin, min-bhog,
 A bha eadar mi 's mo leannan.

A bha eadar mise 's Deardshuil,
 An fhuilt chamalubaich, chas, fhainich,
 'S na h-aghaidh mhaiseach, fhlathail, narach—
 Tc mo ghraidh na 'm ban chiamh clannach.

O ! 's truagh nach robh mi 's i an trath so,
 Fcadh na 'm bruach 's mu 'n cuairt na'm fas-ghleann,
 Far 'm bu mhiann 'us far ain b' fhearr bhi
 Na bhi 'n ailleas ann am baile.

Cha 'n fhada gus an teid mi suas
 A dh' ionnsuidh gleannan ur na 'm fuar-bheann—
 Gleannamoireasdain mo luaidh-sa—
 Gleannan nin na 'n gruagach cannach.

Diridh mi aig Croit-an-Taillear,
 'S theid mi seachad taobh an Spardain ;
 Leumidh mi th' air Allt-na-h-Athainn,
 'S gheabhdh mi failt' o iomadh caraid.

A Bhuachailleachd.

Air fonn—“ An Diciadain a dh’ fhalbh sinn.”

Is toil leam thu Mhairi ’s cha ’n aicheadh mi e
 Ged nach biodh do chairdean gu bratha rium reidh ;
 Leanaidh mis’ ann an gaol ’s tu O ! aon da bheil m’ eud,
 ’S gus an cuirear ’s an uir mi cha lub mi ri te ’il’.

A Mhairi dhonn channach ’s ann agad tha ’n doigh
 Air na gillean is toil leat a tharuinn na d’ choir ;
 Co nach iarradh bhi ma’ riut a bhlaiseadh do phog ?
 ’S ca’il an t-oig’ear a dh’ fhalbhadh ’o sheanchas do bheoil ?

Cha ’n fhaca mi scalladh bu laghaiche riamh
 Na’n snuadh a th’ air t’aghaidh is loinneilc fiambh ;
 Tha do ghruaidhean mar rosan, ’s do cheol mar an t-ian
 Bhios a seinn air na gcugaibh ’n ani eirigh do ’n ghrian.

Tuiginn leamsa do dhuthaich na ’n ur-choire blath—
 Do ghléannan na ’n dlu-choill ’s na’n stuc-bheannaibh ard ;
 Far an cluinn sinn an smudan ri durdan ’s a Mhaigh,
 ’Sa toirt freagar do ’n bhru-dhearg ’n am dusgadh do ’n la.

’S bidh ghaoth oirnn a seidcadh gu reidh agus ciuin,
 Luidhidh ’n dealt air an fheur dhuinn ’us eirigh an driuchd ;
 Ni mhadninn mhin Chlcitein le cheile rinn surd,
 ’S seinnidh chubhag i fein dhuinn air geug a gug-gug.

Gabhaidh uillte dhuinn orain is ecol-bhinne fuaim,
 ’S bidh na h-easain ri crónain an comhnuidh na’r cluais ;
 Bidh gach craobh agus og-phrcas tighinn beo ann an uaill,
 Nuair bhios mis’ agus m’ eudail le cheile mu’n cuairt.

Bidh ise gu guanach ’us buarach na laimh
 A bleothaín chruidh ghuail-fhionn gu duanagach trang ;
 ’S bidh mise na’m bhuachaill’ a cuairtcachd na’m fang ;
 ’S co bhios cho uaibhreach ’s cho uallach ’s gach am ?

Mo Chaileag bheag bhoidheach bhan.

Mo chaileag bheag bhoidhcach bhan,
 'S ann duit tha mo luaidh 's mo ghradh ;
 'S tu mo bhann-suir'each mhuileach,
 'S tu m' aon leannan lurach ;
 'S cha 'n fhaiccar mi tuilleadh 'n deigh chaich.

'S mo chaileag bheag bhoidheach bhan,
 'S ro-mhath 's aithne dhuit fhein mar a tha ;
 Cha 'n 'eil uibhir gu 'n fhios duit
 'S gu 'm biodh tu gun thuigsinn
 Mo chridhe-sa bhi dhuit-sa cho blath.

'S mo chaileag bheag bhoidheach bhan,
 Dhomhsa 's soilleir na d' mheal-shuilean tlath,
 Gur a toigh leat mo chuideachd',
 Mo mhire 's mo chluith riut,
 'S nach fhaca tu duine na 's fearr.

Mo chaileag bheag bhoidhcach bhan,
 'S tu m' eibhneas 'us m' aighear a ghnath ;
 'N uair bhios m' inntinn a cromadh
 Fo 'n t-shaoghal 'us obair,
 Bheir do ghaire dhomh togail an aird'.

Mo chaileag bheag bhoidheach bhan,
 'N uair a thillear mi 'n tuiteam an la ;
 'S fhcarr lciam t-aoidh agus t-fluran,
 Na a bhcairteas na b' urrainn,
 An saoghal a chur na mo lamh.

Mo chaileag bheag bhoidheach bhan,
 Ged nach 'eil do ghibht-labhairt ro shlan ;
 Tha do laigcalas bhreuite
 Na 's binne no ceol leam ;
 'S tha do chridhe dhomh comhla ri d' fhait'.

Mo chaileag beag bhoidheach bhan,
 Cha 'n 'eil thus' ach a' maduinn do la ;
 'S gu 'm a ciuin-bhog a dhunas
 Am feasgar air t-uine ;
 'S e sin dhuit mo dhurachd-s' a ghraidh.

Air cul Achleagan Boidheach.

Luinneag—Air seann fhonn.

THA neoineanan 'us fluraichean
 Air cul Achleagan boidheach—
 Air cul Achleagan,
 Braig' Achleagan,
 Cul Achleagan boidheach.

'S tha meanbh-choill bharraich dhlu-phreasach
 Air cul Achleagan boidheach—
 Air cul Achleagan, etc.

'S tha alltan linneach lub-shruthach
 Air cul Achleagan boidheach—
 Air cul Achleagan, etc.

Is iomadh ceum a shiubhail mi
 'Measg ruidheachan 'us lointean
 Air cul Achleagan, etc.

A buachaillleachd chruidh chais-fhionn
 Feadh na 'm bruach na 'n glaic 's na 'n cos-chnoc
 Air cul Achleagan, etc.

'S cha bu tric leam fhin ann mi—
 Bhiodh gruagach riomhach comhl' ruim
 Air cul Achleagan, etc.

'S mi g' innseadh sgeula 'n uaigneas di,
 Nach fhaod mi luaidh na m' oran
 Air cul Achleagan, etc.

'S eoin bheag' air bharr na' meanganainibh
 Ri leadanachd 'us ccol duinn
 Air cul Achleagan, etc.

'S osag Ruidhe-na-h-Ulaidh,
 Gabhail luinneag dhuinn 'us crongan
 Air cul Achleagan, etc.

'N uair bhiodh am feasgar camhanach,
 A sanais feadh na 'n og-chrann
 Air cul Achleagan, etc.

O ! 's tric 'o sin a smaoinich mi,
 Air slainte 's saorsa m' oige
 Air cul Achleagan,
 Braigh' Achleagan,
 Cul Achleagan boidheach.

Focail Ghaidhlig do 'n Fhonn—“ Ye Banks and Braes o’ Bonnie Doon.”

O, UILTE bhig a theid orm seachad
 'Us eoin tha seinn air bharr na 'n craobh,
 O, ciamar dh' fhaodas sibhs' bhi 'n aighear,
 Na bhi cho failteach, lan do dh' aoidh ?
 'Us mise fulang fo chradh 's fo mhulad,
 'A m' shineadh air m' wilinn ri cumha 's ri caoidh ;
 'S mo chridhe, do 'm b' abhaist a ghnath bhi fallain,
 A nise dha chaitheadh le lasair a ghaoil.

'O n' chunna' mis' an tos a chaileag
 Cha d' fhuair mi do m' airc riamh fois na tamh,
 'S ann 's bliadhn' gach mios 's is mios gach latha
 'S am faic mi aghaidh na h-aingile tlath ;
 'S cha 'n 'eil air thalamh aon ni ni math dhomh,
 Na lasaicheas m' anam 'o ghlasan a bhais,
 Ach aoidh na ribhinn fhiorghan, alloil,
 Do 'n tug mi 'n cion-falaich a mhaireas gu brath.

Cha dean mi ceum feadh shleibh na fireach
 Gun iomhaigh na h'ighinn a tighinn fo m' chre,
 Na cuairt cha teid feadh reidhlean glinne
 Nach cluinn mi guth milis, is binne na tcud,
 'S gach eun a sheinneas air chraobh 'us phreasán,
 'S gach alltan 'us easan a freagairt da 'cheil',
 'S air sgcith na reidh ghaoth sheideas thairis—
 An clarsachd a bharraich, 's an caithream na'n geug.

Cno c-na-h-Ath.

'S TRIC a bhios mi smaointeachd
 C' ait' an diugh bheil na laoich,
 Bhiodh a cruinneachadh aon uair
 Aig taobh Cnoc-na-h-Ath.

C' ait an diugh bheil na fearaibh
 A bha fiughantach, smearail ?
 'S ann tha 'n t-ionndrain 's a bhail'
 Air laoich ghasda mo ghraidh.

'S tric a chunna mi comhla
 Prasgan cuideachdail, coirte,
 Air lomagan boidheach
 Cnocan cosach na h-Ath.

'S iomadh mathair bha proiseil,
 Agus piuthar chuir dochas
 As na fleasgaichean oga
 Dh' fhagadh oighean fo phræmh.

Mar ur phris ann an gléann iad,
 Ri taice na'n scann-chraobh,
 'S grian na h-oig' orra dannsa
 'S iad am Bealltuinn am fais—

Ach mar osag a Ghcamhraidh
 Sgaoileadh tional an t-Shamhraidh,
 Chuir an saoghal air chall iad,
 'S cha 'n eil ann diu ach sgail'.

Tha cuid shios 'us cuid shuas dhiu ;
 Cuid gu deas agus tuath dhiu ;
 Tha cuid cile thair chuan diu ;
 'S cuid 's an uaigh dhiu' aig tamh.

Thug gach bliadhna cuid fhein bhuainn,
 'S ann 's beag nach d' fhalbh iad gu leir oirnn ;
 'S dh' fhagadh sinne gu deurach,
 Caoidh na'n treun fir a bha.

Bruadar Gaoil.

Air sonn—“ Cha d' thug mi gaol do dh' airgiod,” &c.

BHRUADARICH mi 'n raoir
 Bhi 's a choill leat, a ghaoil,
 'S an sin 'a m' shineadh lamh riut
 Fo sgaile na 'n craobh ;
 Air foicheag shocrach uain',
 Agus fuanan aig 'ar taobh—
 An am dol fodha do Phœbus
 Air cul na 'n sleibh-bheann fraoich.

Bha 'n ceol bu bhoidhche dh' eisdeadh
 Dha sheinn os 'ar cinn,
 Aig eoin air bharr na 'n geugan
 Ri co-sheirm seisdeach binn ;
 'S breac tarraghealach, glas, leumnach
 A g' eiridh air an linn ;
 'Us gaoth an Iar a seidcadh
 Gu reidh air fcadh na 'n glinn.

Bu toilicht' tlachdmhor, glormhor,
 Na h-uairean oir ud domhs',
 An caoimhneas 'us tu eucaig
 Do 'iu bheil mi 'n eud cho mor ;
 O ! ged is ann am bruadar
 A fhuair mi a d' choir,
 Cha mhor gu 'n iarruinn dusgadh
 A ruin as an sgleo.

C'arson is ann am bruadar
 A fhuaradh mi 's tu,
 A falbh mar sud an uaigneas
 Air feadh na 'n cuach-phreas dlu ?
 Nach truagh nach ann da rireadh
 Bba mi agus mo run
 Cho saor an gradh a cheile—
 'M bi agam fein ris duil ?

Tom-an-t-Sheomair.

Air fonn—“ Bonnie Loch Lomon.”

'GED a bha mi ri m' la 'n iomadh aite fo n' ghréin
 Far 'm bu taitneach le ceudan bhi chomhnuidh,
 Bha mo chridhe-s' us mo dhurachd a g' iarruidh's a runachd
 Gu siorruidh gu cul Tom-an-t-Sheomair.

Mar dhaoimean an crun a tha toman mo ruin-sa
 'Measg thorrain 'us ur-chnocain bhoidheach ;
 Cha do dhearc mi riamh mo shuil air aon spot is grinne
 gnuis.
 Na na luban air cul Tom-an-t-Shcomair.

Bidh an uiscag 's an smeorach 's an og mhaduinn Cheit
 A cur fault' air a cheile le ceol-mhir' ;
 'S bidh a chubhag 'us an smudan, 's an dreathan-donn 's am
 bru-dhearg,
 'Us seisd ac' air cul Tom-an-t-Sheomair.

'S tric a shuidh mi a g' eisdeachd ri seid ghuth na gaoith,
 'S i a clarsachd 'measg chraobh agus og-phreas,
 Mar gum biodh i cur fault' air gach neach a bha fo phramh,
 Thighinn a shugradh gu braigh Tom-an-t-Sheomair.

Cha robh m' inntinn 's an uair sin fo bhuaireadh an
 t-shaoghail :
 Ann am bruadar s 'an aotruimeas gorach,
 Bha mo chridhe cheart cho saor ris an duilleach air a
 chraobh,
 'S ris au ur-lus ri taobh Tom-an-t-Shcomair.

Leam bu mhiann a bhi cuairteachd a risd feadh nan cuach-
 phreas,
 Mar bha mi an uallachas m' oige ;
 Agus leiginn leis an t-shaoghal e shiubhal mar a dh' fhaodadh,
 'S mo thoileachadh-s' aig taobh Tom-an-t-Sheomair.

Do Mhairi.

Air fonn—“Ann sa Mhaduinn’s mi g’ eiridh.”

CHA cheil mi—cha lamh mi—gu’r tu a Mhairi an ainnir
 Do’n d’ thug mi ’n gaol falaich a mhaireas gu brath—
 A the’n fhuilt dhualagaich chlannaich ’s na ’n gorm shuilean
 meallach,
 Ci’ a’l m’ aoibhneas air thalamh ach ma’ ruit a ghnath ?
 ’O na fhuair mi ’n tos sealladh do d’ chaomh aghaidh
 bhanail.
 Cha robh suidheachadh agam do m’ aire, na tamh ;
 Dh’ fhag thu t-iomhaidh air m’ anam mar dhealbh ann an
 glaine,
 ’S cha dan domh bhi maireann gu’n chaidridh do ghraidh.
 O’ aingil mo runachd cuin’ a thig thu do ’m’ ionnsuidh,
 Le d’ aighear, le d’ shugradh, ’s le d’ chumhnantaibh graidh ?
 C’ uin’ a thig’ thu do m’ dhusgadh, ’s a dh’ fhosgladh mo-
 shuilean,
 Agus codal neo-shunndach do’n dunadh a ghnath ?
 Mar fhùr’s a gheamliradh anns an talamh ’s e amhlaicht’
 A feathcamh na Bcalltuinn thighinn teamh air le blaths,
 Tha mo chridhe-sa ceanhailte, a ghaoil gus an am sin
 ’S am faigh mi air laimli thu, o m’ annsachd gu brath !
 O ! eisd rium a Mhairi ; tha mo dhuil-sa gach la’ ruit ;
 ’S c do bheatha-s’ a ghraidh, thighinn na m’ chairdeas a risd ?
 Tha m’ anam-sa paidhteach, ’s cho tioram ri fasach ;
 ’S an d’ thig caoin-fhras do mhanrain ciod a shasuicheas mi ?
 C’ airson a fhuair sinn a chcile anns an t-shaoghal-sa, m’
 eudail,
 A nise ma dh’ fheumas sinn treigsinn ’s gach ni,
 Mar bi thusa ghaoil reidh rium ’s truagh nach robh mi na
 m’ reul·ghaoth,
 Na na m’ gharbh-shruthan beucach a leum na ’n leac min.
 Ged ’s iomadh boirionnach aluinn a thachair re m’ la ’rium
 Do leait sa cha d’ thainig na m’ lathair, a reul !
 ’S ann tha dealradh do bhlast-shuil mar a ghrian anns an
 Ard-neamh,
 Agus t’ aghaidh mar sgathan do Nadur gu leir.

Gruaidhean tana, dearg, narach 's am faicear faileas do sharr-
ghaol,

Beul ciuin, cumair, cairdeach, lan graidh agus eud ;
Muincal geal a mhor chaileachd, 's am bi *Cupid* ri gairdeas,
'S ri caoin-mhire manrain, a taladh na'n ceud.

'S ann mar bheanntaichean airgoid a tha do chorra-chiochan
tarragheal

A g' eirigh gu dealbhach air do gheala-bhroilleach min ;
Co a chuireadh an seanchas na tha ghaol riu 'n earbsa ?
Co a b' urrainn a dhearbhadh an anabharra phris ?—
Na tha thobraighean dochais, 's a dh' fhion-liosaibh solais
A ghnath anna chomhnaidh mar or ann a' mein ?
Na tha shaoghail do bheo-ghradh, 's a bhi-bhuantachd gloire
Na d' bhraighe O ! oighe thug og mi fo chis ?

'S tric 's gur minig a bha mi 's tu 'n uaigneas, a Mhairi,
A siubhal na'm blath choille, fas-dhuilleach dlu,
Fo dhubhar 'us sgaile na'n ur-chraobhan lana,
'S mi beo ann a' mainran 'us abhachd do mhuirn ;
Faotuinn bcath' agus cailcachd 'ou a ghloir a bha thamh
leat,

Mar oibraibh Naduir 'o Ard-Fhlath-nan-Duil ;
'S tu sgaoileadh gathanaibh grasmhor anns gach cuil agus
cearne,
'Sa soillscachd gach aite 's an taradh do shuil.

'S a nuair a sheinneadh tu d' orain, thigeadh cubhag 'us
smeorach,
A dh' eisdeachd ri d' chcol, a the bhoidheach mo ghaoil ;
Thigeadh buidheag na 'n og-phreas agus donn-dhreathan
seolta,

'S thigeadh dubh-eun na'n lointean na d' choirsa le aoidh ;
Gach eun anns a chro-choill le aoibhneas na d' chomhail
A g' iarraidh an comhnuidh bhi beo ri do thaobh ;
'S gach creag agus mor bheann, gach neul 'us reult glor-
mhor,
A cromadh gu d' phogadh, O ! oirdhearc mo shaoghail !

Am Foghar.

Air fonn—“ Tha mo chion air mo leannan.”

GED is ceutach an t-Earrach—
 Le surd a g' eirigh a codal—
 A bruchdadhbh feur agus barrach
 Gu gaireach, eibhneach romh 'n talamh,
 'S beag mo speis di 'us m' aire—
 'S ann tha m' euds' ann an caithream nan lan-mhios.
 'S ann tha m' euds', &c.

'S ged is boidheach an Samhradh—
 An di-chuimhn' air a Gheamhradh—
 A fas gu binn ghuthach, sraundach,
 Luachrach, lusanach, crann-ghorm,
 'S neo-shultmhor an t-am leam
 Lamh ri uchd-mhais' *September* 's a h-ailleachd.
 Lamh ri uchd-mhais', &c.

Ciod a gheibhte na dh' iarrte,
 Mar aon shealladh cho briagha,
 Ri trom fhasachd na bliadhna
 Na thuinn fo osag na h-Iar-ghaoth,
 'N am do 'n ghirein a bhi 'g iathadh
 Mu ghuaillean na 'n sliabh-bheanna' arda.
 Mu ghuaillean, &c.

A choille phaitt-chraobhach, dhuinte,
 Na 'n troni dhathaibh neo-chunntail,
 Ris an talamh a lubadh,
 Fo h-eallachaibh mcasanach cubhraidh ;
 'S e bheireadh slainte dhomh dubailt,
 A bhi siubhal na 'n ur-ruidhe blatha.
 A bhi 'siubhal, &c.

'S na chul-taice do 'n dealbh so
 Gheibhear geal agus dearg-fhraoch,
 Mar bhrata dait' air na garbh-chnuic
 Gu cnagach, baganta, balgach,

'S e tilgeil faileas air falbh dhuibh
 An aghaidh soillearachd fanna-bhuidh' nam ban-leac.
 An aghaidh, &c.

'S bha uair bu taitneach bhi tialadh
 Air damh cabrach, riabhach,
 Feadh nan coireachan fiarach—
 Coin air eill 'us iad iasgaidh,
 Aig gillean treun-chcumach, fialaidh,
 Dha nach b' aithne bhi iosal na nadur.

Dha nach b' aithne, &c.

Sin 's le slat agus driomlaich,
 Air an linne bhi g' iasgach
 Na 'm breac tarra-gheala, biata ;
 Mar a bha sinn 'o chianntan,
 'Nuair a dh' fhaoidte gun iarruidh
 A bhi siubhal na 'n sliabh mar a b' aill leinn.

A bhi siubhal, &c.

Ach 's ann iosal mn 'n bhaile
 Bhios an solas 's an t-aighcar,
 'Nuair a thoisicheas fearaibh,
 'S mnathan og air bhi gearradh
 Comhdach or-bhuidh an fhearuinn,
 'S iad gu comhraideach, caithreamach, cairdcach.
 'S iad gu, &c.

Gillean treuna, 's na spealan,
 'S oighean glc-ghlan a tional ;
 Sgioba treubbach a ceangal,
 'S cha bhi eis air an adaig ;
 'S co is eibhnich' na 'm balach,
 'S ard cheum aige tarriuin an racain.
 'S ard checum, &c.

'S an am toir dhachaидh na "maighdinn,"
 Gheabhear aighcar 'us aoibhneas,
 Bean an tighe ri caoimhneas,
 Càch uileadh gu loinncil
 'S an gradh cridhe cruaidh-thoinuite ;
 Gur milis codal na h-oidliche do 'n fhardaich.
 Gur milis codal, &c.

'S binn leam caithream a chrodhaidh
 'N am toir dhachaidh na' mor-sguab ;
 B' e 'n toil-inntinn 's an solas,
 A bhi 'n taice chuirn gholait,
 'S gearran glas an deagh ordugh,
 A tarruinn shacaibh gu seolta dhe 'n phairce.
 A tarruinn shacaibh, &c.

Agus sgioba na 'n cuallan,
 A tighinn gu farumach, uallach,
 'S a fagail " straigh " air na cuach-phris
 Ann an cabhaig an gluasad
 Leis an eallach neo-shuarrach,
 Bhios brighmhor, cudthromach, luach-phriseil, aluin.
 Bhios brighmhor, &c.

Bho mhoch mhaduinn gu h-anamoch
 A tarruinn dachaidh an arbhair,
 'S cuid dha charadh gu dealbhach
 Ann an cruachan neo-clearbach,
 'S cuid cil' ann an ceanna-mhir'—
 Co a chuireadh au seauchas an t-abhachd ?
 Co a chuireadh, &c.

'S na h-eoin bheag' air an sgiathraig,
 Gu h-aotrom, breac-iteach, sgiamhach,
 'S iad an deigh fas fiadhaich,
 Le meud pailteis am biathaidh—
 Co a bheireadh dhoibh 'n sgiala,
 Gun d' thig an reothadh a liathadh na'm paircean ?
 Gun d' thig, &c.

A mhios, a bhann-righ na' miosan,
 A mhios is crun do na bhliadhua,
 A mhios lan-lamhach fhialaidh,
 A mhios ard-mhaiseach, bhriagh ;
 B' e an creideadh 's an diadhachd
 A bhi smaointeachd air diomhaireachd t' ailde.
 A bhi 'smaointeachd, &c.

Maighdeann Og Dhailechuilinn.

Air fonn—“Gur mor mo speis do n’ chruinneag ud.”

NA ’m faicinn fear air thurus
 Gu Dailchuilinn na ’n slios ard,
 ’S a reachadh rath’d a mhuilinn,
 Far am heil an ulaidh ghraidh ;
 ’S a dh’ innscadh do mo leannan
 Gu bheil m’ aire-sa fo phramh,
 O’n a dhealaich mi an uraiddh rith’
 Aig mullach Beul-a-Cha.

Bu taitneach seisd nan eun na ’r cluais,
 ’S bha ’n sruth ri fuaim-chcol binn,
 ’Nuair a choinnich mi ’s a ghruagach
 Air a ghlás-bhruaich bhoidheach mhin ;
 Far an d’ thug siun boid da cheile’,
 Ge b’ e de a thigeadh rinn,
 Nach lcigcadh siun air chul a chaoidh
 An gaol a thugadh leinu.

Bha h-aodanu mar a mhaduinn,
 ’Na’m dhi dealrachadh na spcur,
 ’S a falt cuaiich na dhuail an ordugh,
 Mar bhios neoil mu’n cuairt do’n ghrein ;
 Is auu mar cheol bha comhradh leam,
 ’S mar oran leam a ecum,
 ’S mo chridhe danns’ ri gaire
 Mar am fas ghleann ris a Cheit.

’Nuair a bhiodh tu ghaoil a gluasad
 Feadh nan cuach-phreas boidheach ur,
 Cha mhor nach biodh na neoineanan
 A comhstri bhi riut dlu ;
 ’S far an leigeadh tu d’ cheum comhnard
 Chluinnte ceol a’ measg na ’m flur,
 A choill’ gu leir mar chlarsach
 Anns gach aite ’s am biodh tu

**Focail do Bhannsuir'each 'o Ghille, air dha
tuiteam ann a' mi-fhortan.**

Air sonn—“ Mu'n taice so 'n uraidh,” &c.

THA mo chridh' air a bhnaireadh,
'S tusa 'n drasd' dha m' chur suarrach ;
Ach mo bheir thu ghaoil fuath dhomh,
Cha dual domh bhi beo.

Is toigh leam a' nighneag,
'S ro thoigh leam a' nighueag ;
'S mar a faigh mi a' nighneag,
Cha bhi m' inntinn ach lcoint'.

'S tha m' anam air lionadh
Le mulad 'us iarguinn ;
'S olc a chaidh leam a bhliadhna-s'
Fhad 's a thriall i 'o tos.

Thainig car orm nach d' iarr mi,
'S chuir sin dhe do rian thu ;
Ach a ghaoil bi rium ciallach ;
'S e mo mhiann sinn bhi coirt'.

'S iomadh ni their an sluagh riut
Mu mo dhcidhinn 's an uair so ;
'S is goirt leam-sa na fhuair iad
Ri luaidh as mo choir.

Ach 's iomadh ni thig 's an t-shaoghal-s'
Ann an aghaidh chlann daoine ;
Cha mhor neach nach teid aon uair
An darna taobh thair an ròid.

Tha mo chridhe dhuit dilis,
Ged a chaidh mo cheann cli ort ;
'S mo ghaol dhuit-sa cha diobair,
'S an teid mo shincadh fo 'n fhod.

Am Freagradh.

Air an aon fhonn.

CHA 'N cisid mi ri d' uirnigh,
 Chaill mi uileadh mo run ort,
 Cha mhor nach iaruinn le durachd,
 Thu bhi duinte fo bhord.

Ged is toigh leam an gille ;
 Ged 's ro thoigh leam an gille ;
 Cha bhi mi reidh ris a ghille,
 'S cha teid mi tuilleadh na choir.

Chuir do ghaol mi air għluasad,
 Agus thog mo chridhe suas riut ;
 Ach tha mi nis air mo bhualadh,
 'S cha dual domh bhi stold'.

Cha chreid mi gur firinn
 Gu 'n robh thu dhomh dilis ;
 An eridhe bha seasmhachail dircach
 Riamh cha d' dhiobair le 'dheoin.

Tha do bhriathran mar ghaoth leam,
 'S tha do għeallaidhean faoin leam ;
 'S mor gu'm b' fhearr leam bhi saor 's tu,
 'N deigh dhuit aomadh cho mor.

A nise cuiridh mi m' chul riut,
 Ged is cruaidh orm do dhıultadh,
 'Us lcis mar rinn thu mo chiureadh,
 Cha diu leam dhol d' choir.

Chia teid a' m' chuimhne gu siorruidh
 An gaol a thug mi o chian duit ;
 'S is goirt orm-sa 's is piantach
 Gun d' chaill mi m' mhiann air do phog.

Luinneag.

Air fonn—“ You promised that you would be mine.”

THOIR aon phog a ghaoil domh—
 A ghaoil, thoir dhomh aon phog—
 Thoir aon phog a ghraidh dhomh
 Ma 's fhag mi an tir ;
 'S a sin soraidh gu bratha
 Le gaol 'us le Mairi—
 Ach gus am claoidl am bas mi
 Cha shlantuich mo chridh'.

O, ciamar a Mhairi
 A dh' fhaodas mi t' fhagail
 'S mo chridh' air a sharadh
 Le d' mhanran 's le d' mhuirc ;
 Mar a faca mi riabh thu
 Cha bhithinn dha t' iarraigdh ;
 'S nach fhaigh mi thu, 's e phian mi,
 A riarach'd mo ruin.

Tha e gorach—gle ghorach—
 Dhomh tuilleadh bhi 'n toir ort ;
 Cha 'n fhaigh mi ghaoil coir ort,
 'S mi posadh ri te 'il' ;
 Ach ged' reachadh mo mharbhadh—
 'S tha m' aodann da dhearbhadh—
 Cha 'n urra' mi nis' falbh 'uat
 Gun seanchas dhe d' bheul.

Mo Dhuthaich.

Air fonn—“ Ged a tha mi car tamull.”

'S mi gu 'n reachadh le durachd
 Air ais gu mo dhuthaich,
 Gu bhi siubhal na 'n dlu-choill
 'S na 'n stuc bheanna' arda.

Tha mo chridh' anns na beannta'—
 Annss na coilltibh, 's na gleannta' ;
 A Shamhradh 's a Gheamhradh
 'S c bhi teann doibh a b' fhearr leam.

Leani bu mhiann a bhi 'g eirigh
 An am dusgadh do 'n Cheitcin,
 A chuairsteachd na spreidhe
 Feadh reidhlean 'us bhlath-dhail.

Cha bu shuarrach an caithream
 A bhiodh 'a m' chluasa' sa mhaduinn,
 An am gluasad do 'n bhaile
 Gu beath' agus gairdeas.

An am an Eadruidl b' e 'n t-cibhneas
 'S an toil-inntinn bhi 'g eisdeachd
 Ceol na 'n cruinneag a scisdeadh
 Ri fonn-gheumnaich na 'n lan-mhart.

Na h-eich a tighinn gu 'm biathadh
 'O 'na cruinn 's 'o na cliathibh ;
 'S an t' oigfhear a tialadh
 Air beagan bhrithran ri Mairi.

A chlann bheaga lc aighear
 A dol an coinneamh an athair ;
 'S a mathair le farum
 A cur car mu'n an fhardaich.

Eoin bheag air na gengan
 A seinn am feadana gleusda ;
 'S osag ehiuin-bhog a seideadh
 Gn reidh feadh na 'n lan-chraobh.

A ghrian 's na neamhan a g' eiridh
 Air cridheacha' eibhneach,
 A tha gu dichiollach, treubhaeh,
 Cairdeach, eud-thorrach, blathmhor.

Anna Dhail-na-Creich.

Air fonn--“ When the kye come hame.”

GED a bhios mi 's na caileagan a tachairt air a cheil',
 'S ged a bhios mi tric 's an amaideas a tarruinn as an deigh,
 'S urra' dhomhl̄a radh' gu saor nach 'eil air an t-shaoghal te,
 Do 'n d' thug mise gaol a mhaircas ach do dh' Anna Dhail-
 na-Creich.

Aeh do dh' Anna Dhail-na-Creieh, &c.

Their mo chairdean rium gur faoin domh mo ghaol a thoirt
 cho reidh—

Nach 'eil i 'us misc coltach, 's gu 'r a dochá leamsa tc 'il'—
 Ach 's ann agam fhin tha fios air a chlisgcadh bheir mo chre,
An uair a chi mi aghaidh bhanail Anna mhaiseach Dhail-
 na-Chreieh.

Anna mhaiseach Dhail-na-Chreieh, &c.

'S ann na snilean tha ni diomhair a chur mi de 'm rian gu leir,
 Ged' bn leam sa mile mhilltean dheanain iobairt dhiu dhi fein,
 'S ged a bhithinn-sa na ciadan, s gaeh bliadhna dhiu gun cheil'
 Cha d' thoir mise gaol 's cha lamh mi ach do dh' Anna Dhail-
 na-Creieh.

Aeh do dh' Anna Dhail-na-Creich, &c.

Mairi Og an Fhuilt Chlannaich.

Air sonn—“'S ann fior thoisearchd at t-Shamhraidh.”

NACH gorach dhomhsa 's nach diomhain
 Bhi 'n duil gu 'n di-chuimhnich mi.
 An gaol a thug mi 'a m' oige
 Do dh' oighe 'n fhuilt mhin ?
 Ged is iomadh te bhoidheach
 A fhuair coir air mo chridh'
 'S tu-sa Mhairi an aon te
 Do 'n d' thug mi 'n gaol nach gabh inns'.

Ged a chuirinn trath la thu
 A' m' aire 's mo chuimhn',
 N uair a thuiteas mi m' chodal
 Tha thu ma' rium a chaoidh ;
 Cha d' theid aon oidhch' orm seachad
 Gu 'n thus' agam a ghaoil
 Ann am bruadar a sugradh
 A' measg na 'n dlu-phreas 's na 'n craobh.

Ach ochau, ochan, mo dhusgadh
 Gu 'n thu-sa ruin aig mo lamh !
 'S gu 'n fiu' dochas na duil riut
 A bhi cho dlu dhomh gu brath' ;
 Ciod is fhiach dhomh bhi maireann
 As aonais aingeal mo ghraidh ?
 'S 'o nach fhaod mi a buannachd
 Nach i 'n fhuar leabaidh 'b 'fhearr ?

A Mhairi og a chuil chlannaich,
 Tha m' anam 's tu 'n gaol ;
 'S be m' aighear bhi ma' ruit
 A the na meal-shuilean caomh ;

Tha mo chridhe dha t' iarruidh
 Mar an t-iасg an cuan saor;
 'S b' fhearr pog 'uat na oighreachd,
 'S b' fhearr do chaoimhneas na 'n saoghal.

Shoillsich solus na m' anam
 An uair a thachair mi 's tu;
 Mar a ghrian anns na neamhan
 Air beannaibh na 'n stuc,
 Chuir t' fhiamhachd, a Mhairi,
 M' uile chrabhachd air chul,
 Agus theich uam an oidhche
 Dhorch', oillteil bha leam.

Ged a bhithinn fo mhulad
 Ach thusa bhi m' choir,
 'S beag a dh' fhairighinn an cuideam
 A bu truime bhiodh orm;
 Be 'n t' aighear bhi reidh ruit—
 A the a b' eibhniche doigh—
 'N am sgaoileadh caoimhneas 'us tlaths 'uat
 Mar shamhradh blathmhin na 'n ros.

Duanag.

Air seann fhonn.

CHA teid mi 'nochd do t' ionnsuidh,
 Cha teid mi 'nochd do t' ionnsuidh,
 Cha teid mi far am beil thu 'nochd,
 Ged tha mi goirt do t' ionndrainn ;
 Ged tha mi goirt do t' ionndrainn,
 Ged tha mi goirt do t' ionndrainn,
 Cha teid mi far am beil thu 'nochd,
 Ged tha mi goirt do t' ionndrainn.

Chaidh bliadhna 'n deigh bliadhna--
 'S tha cuig dhiu 'n deigh trialladh,
 O'n dh' fhag thu mis' an duil gu'n tigeadh
 Tu air ais do m' iarruidh ;
 Gu'n tigeadh tu do m' iarruidh,
 Air ais a ris do m' iarruidh ;
 Gu'n tigeadh tu air ais a ris
 A ghaoil mo chridh' do m' iarruidh.

Tha 'n speur mu 'n cuairt a dubhradh,
 'S an oihche dhorcha 'dunadh ;
 'S chaidh solus geal mo bheatha-s' as
 'S cha 'n eirich maduinn ur orm ;
 Cha 'n eirich maduinn ur orm,
 O'n chuir thu 'ghaoil do chul rium ;
 Cha 'n eirich ormsa maduinn chaoin,
 O'n chuir thu 'ghaoil do chul rium.

Smaintean Gaoil.

Air fonn—“ Whistle o'er the lave o't.”

O ! EONAIN bhig is binne beus,
An d' thoir thu air mo ghaol domh sgeul,
'S eagal orm gum beil i 'n deigh

Mo chur gu leir air di-chuimhn' ?
An inns thu dhomh mu the mo ghraidh—
Am beil i 'smainteachd orm-s' an drasd ?
Na 'm faic mi tuilleadh re mo la

Aghaidh thlath na ribhinn ?

Bristidh tu mo chridh' le d' cheol,
'S e mo thrath fo mhilleadh broin—
Riamh o'n dhealaich mi ri oigh
'N fhuilt bhachlaich, or-bhuidh, riomhaich—
Riamh o'n dhealaich mi ri m' luaidh ;
An te bhanail, cheanail, shuaire',
An te og is boidhche snnadh,
'Tha 'nise bhuam na miltean.

Tha do cheilcaradh 's do shurd
A gluasad ann am' chuimhn' as ur,
'Nuair a bha mi 'us mo run

A siubhal dlu-choill' Dhiomhach ;
Tromh na ghleannan sios 'us suas
A mach 'o ghaoir 's 'o fhaoineachd shluaign,
'Toirt grcis air tional shobhrach bliruaich,
'S greis eile 'buain nan dithean.

Dealachadh.

Air fonn—“Cadal cha 'n fhaigh mise.”

'THOIR do phog dhomh Anna
Mas a dealaich sinn ;
Na fag mi 'ghaoil gu 'n ghealladh
Tilleadh fhathasd rium.

Tha mi duilich, duilich,
'S muladach tha mi ;
O'n a dh' fhalbh thu Anna,
Ainnir nan rosg min.

Tha mo shuilean siltcach,
'S tha mo chridhe trom,
Gun fhois gun tamh a g' iarraigdh
Te nan ciabhag dhonn.

'S mi gun chail gun mhisneachd—
Tha mo spiorad bruit' ;
'S tha mi coma cuine
Theid mo chur 's an uir.

'S iomadh lath' bh' againn,
Gu h-aighearach le cheil',
Mar dha fhlur as t-shamhradh
Ann an gleann nan geug.

Ach a nochd cha d' thig thu
Ged a bhiodh riut duil ;
'S ged a b' fheairrde m' anam
Sealladh dhe do ghnuis.

Tha do chaithir falamh,
'S tha do leabaidh fuar ;
'S cha chluinn mi do ghuth boidheach
'Deanamh ccol na m' chluais.

Cha 'n 'eil anns an t-shaoghal
Ach ni faoin nach fhiach—
Greis ma seach ri aighear,
Agus caitheadh dhiar.

Oran Duthcha.

CHA chuir cruit no ccol pioba
 Mo mhighean air falbh,
 O nach fhaod mi 'bhi 'direadh
 Nam fridh 's am bi 'n t-shealg—
 Far am faight' an damh cabrach
 Anns a mhaduinn, le fcarg
 A leum suas as a bhadaidh,
 Gní gradcharach, garg.

B'e mo mhiann a bhi 'n drasda
 'S an aite sin fein—
 A suibhal nam blath-choirc,
 Far am fas an deagh fheur—
 A direadh nan tulaich,
 'S na' mullaichaibh geur,—
 'S air chuairt far 'm bi 'n coileach
 A goirsinn air gheug.

Air chuairt far 'm bi 'n coileach
 A goirsinn air ghcuag,—
 'S far 'm bi cuach 'seinn a leadain
 Anns a mhaduinn chiuin Cheit,—
 'S far an cluinnear an smcorach
 Anns an Og-mhios le 'beul,
 A seinn gu suilbhearrach, ceolmhóir,
 'S gu h-ordumail reidh.

Be mo mhiann 'us mo roghainn
 'Bhi 'n sid a taghal a ghnath,
 Cha b' e 's a bhaile-s' 'bhi glaiste
 A thaitneadh ri m' chail—
 Far nach cluinn mi ach tartraich
 Agus glagraich nan sraid ;
 'S an am dusgadh 's a mhaduinn,
 'S neo aite leam iàd.

-Cha b' e sin idir a chleachd mi
 Ann an taice nam beann—
 A bhi 'cur m' iuntinn o mhanran,
 'S a cur pramh 'na mo cheann—
 Ach an ceilear seamh, boidheach,
 'Bhiodh aig na h-coin anns a ghleann,
 'S iad a clarsachd an orain
 Air gach ogan 'us crann.

Ach ged a chuir mi mo chulthaobh
 Ri mo dhuthaich 's an am-s',
 Tha mo dhuil 'dhol da h-ionnsuidh
 Gun mor uine 'bhi ann,
 Gus am faic mi gach doire—
 Gach coill' agus crann—
 Gach fuar-bhcann 'us creagan—
 Gach eas agus allt.

'S gus am faic mi a ghruagach
 Dha 'n d' thug mi luaidh agus gaol—
 An tc dha 'n d' thug mi 'n cion-falaich,
 'S an gealladh nach claoideh—
 Leis 'm bu tric 'bha mi 'cluaineis
 Anns na cuairtcagan fraoich,—
 'S fo eisdeachd nan luinneag
 A bhiodh a' mullach nan craobh

Cuimhneachan Gaoil.

Air fonn—“ ‘S olc a chuir a mhire rium.”

BHA mi 'n diugh an gleann nan craobh,
 Far an robh mi tric a ghaoil,
 An uaigneas aighearrach ri d' thaobh,
 An uair a dh' fhaod mi 'bhi riut reidh.

Ochan, ochan, 's mi 'tha truagh,
 Ochan, ochan, 's trom mo ghruaim ;
 Agus tu cho fada bhuam,
 A the mo luaidh do 'n d' thug mi speis.

Tha na fluraichean a fas
 Gu min-dlu cubhraidh mar a b' aisd ;
 'S scilean riabhach air am barr,
 O bhlath gu blath ri airde grein.

Tha na smeoraichean mu 'n cuairt,
 'S cubhag dhu'-ghorm mar bu dual ;
 An uair bha mi 's tu-sa 'luaidh,
 G' eisdeachd uallachas an seisd.

'S tha na meana'-phris bheaga, dhlu,
 Gu brucach, dosrach, ann a ruin ;
 'S an drcathan-donn le ribheid chiuil
 Toirt failte chiuin do 'n mhaduinn Cheit.

'S an t' alltan sruthach, glugach, binn,
 A ruith a mhan o airde ghlinn ;
 'Us dath an airgiod air gach linn
 O bhoisgeadh sliom-lannaibh an eisg.

'S gaoithaibh 'n Iair gu cianail, caoin,
 Ri ceol mar chlarsaich feadh nan craobh ;
 'S a ghrian a dearrsadhbh air gach taobh,
 'S a fagail aoidheachd as a deigh.

Mairi Ghuanach.

Airfhoinn—“Bha tri fichead ’s a tri,” &c.

MAR is sine mi ’fas
 ’S ann is truime mo chradh
 ’S gun agam mo Mhairi ghuanach.
 Mar is, etc.

Nighean donn a chuil rcidh
 Do ’n tug misc ’n trom eud
 Nach lasaich ’s an teid ’s an uaigh mi.
 Nighean, etc.

B’ fhearr leam agam thu ’ghaoil
 Na mor bheairteas an t-shaoghaill,
 ’S goirt mo chridhe as t’ aonais—’s fuar c.
 B’ fhearr, etc.

Mar latha gun ghrein
 A cuairt chursadh na speur,
 ’Tha mo bheatha-s’ gun te mo luaidh leam.
 Mar, etc.

’S ann tha m’ anam a ruin
 An taobh a stigh dhiom fo uir,
 ’S cha ’n ’cil mo chorp ach mar bhuidh mu ’n
 cuairt da.
 ’S ann, etc.

’S co a gheabhadh ’na d’ choir
 Mar bha mise ’na ’m oig’.
 Do ’m b’ urra’ bhi beo ’s tu bhuaithe ?
 ’S co, etc.

Na co a chitheadh do cheum,
 A caoin phogadh an fheuir,
 Nach biodh le eud duit buailte ?
 Na co, etc.

’S do phearsa mar dhealbh
 An deigh a tharuinn air ceanb,
 Gun chiorram, gun chearb mu ’n cuairt da.
 ’S do, etc.

Mar a ghriaui a' measg reult
 A tha thusa 'measg the,
 Agus coimeas dhuit fein cha d' fhuaradh.

Mar, etc.

Gaol a gathadh o d' shuil,
 'S deadh ghras air do ghnuis :
 'S ann bha 'm flaitheas a ruin riut fuaighe.
 Gaol, etc.

Ealaith Ghaoil.

Air fonn—“ I'll meet thee on the lea-rig.”

OH ! Ainnir dhonn a leon mi
 'S ann leam bu deoin bhi 'briodal ruit,
 Cha 'n fhaca mi ri m' bheo
 Te cho banail, boidheach. miogach ruit ;
 O'n fhuair mi colas ort air thus
 Thug mi dhuit run 's cha diobair e ;
 'S na 'm faighinn thu ri 'phosadh
 'Se 'bheireadh solas inntinn domh.

Tha fios agad nach fhaod mi inns'
 Gum beil mo chridh' dha t' iarraighe-sa,
 'S a ghaoil na bi ro chruaidh orm
 Gcd reachainn uair a thialadh ort ;
 Mar lcanas reultan agus grein
 A cheile feedh na h-iarmailtean,
 Mar sin tha m' anams' a' do dheigh
 'S cha shearg mo specis gu siorruidh dhuit.

Chunna mi thu 'n duigh ri taobh
 Fear og 's e aoidheil coirte ruit,
 'Us chlisg mo chridhc 'na mo thaobh ;
 Bhuin gaol 'us iadach comhla rium ;
 C' airson nach seachnad Sinn a cheil',
 'Us e cho geur oirnn comhlachadh ?
 Oh ! Ainnir thoir airais dhomh 'ris',
 Mo shlaint', mo shith 's mo ghoraiche.

Smaintean.

Air sonn—“The Bonnie House of Airlie.”

FHIR a dh' imicheas suas
 Thoir na beannachdan so bhuam
 Do ghleann ard nam fuaran boidheach—
 Gleannamoireasdain mo ghaoil,
 Far an guirme 'bhios am fraoch,
 A fas ri aodann na' morbhceann—
 Far am faughte 'n lan damh dearg,
 'S an eilid 's am boc earb,
 Gu h' aigiontach a falbh feadhl nan lointean :
 'S far am faughte na h-eoin shleibh
 Gu farumach air sgeith,
 Agus gillean 's coin air eill an toir orr'.
 Thoir mo shoraidh-sa gun dail
 Do ghleann gorm nan coire blath,
 Na' min-dhail 's nam fasaichean feorach,
 Feadh an robh mi iomadh la
 'Nuair a bha mi 'na mo phaisd'.
 Ann an caoimhneas nan cairdean a b' eol domh,
 Gun a churam air mo shaogh'
 Ach a buachaileachd nan laodh
 'S a chruidh ghuailfhionn air na h-aonaichean
 comhnard,
 Ma' ri cuideachda mo ghaoil
 'S sinn a cluith a' mcasg nan craobh,
 Ann a neo-chiontas 'us faoineachd 'ar n' oige.
 Tha 'na m' chuimhne mar an de,
 'N surd a dheanadh sinn gu leir
 'Nuair a ghaireadh a Cheit a mcasg chro-choill,
 'S a bhoisgeadh neoincanan 's an fheur,
 Mar na reultan air an speur,
 'S a bhiodh ur-bheatha g' eirigh 's na h-og-phliris ;
 Bhiodh am bcatha 'n tus fo bhlaith—
 'S fo dhuilleach ghorm gu 'bharr—
 Agus calltainn glas 's am fearna tigh 'nn comhl' ris.
 Ach do 'n darach 's uinnseann cruaidh,
 Bha sinn uileadh ann am fuath,
 Air son bhi'cumail duilleag ruadh fad' da'n comhdach.

Achnanconeran.

GED a tha mi 's a bhaile,
 'M beil gach abhaehd 'us fasana,
 Cha 'n abhachd th' air m' aire—
 Cha 'n aighear 's cha 'n eibhneas.

Hithill-i-oro-hu-o ;
 Hithill-iu-oro-eile ;
 Hithill-i-oro-hu-o.

B' e mo mhiann a bhi 'n trath-so,
 A direadh nan ardbheann,
 'S a siubhal nam fasach,
 O'n a b' abhaist domhi fcin sid.

A bhi os cinn Achnanconeran,
 A direadh nan garbh-chrioeh,
 A siubhal nan sgarbhlach,
 'S a sealg air na feidh ann.

Far am faight' an damh eabreach
 'G' eirigh suas as a bhadan,
 Gu fuasgailte, sgairteil,
 Gu gasgagach, leumrach.

'S far am faight' eilid ghuanaeh,
 'Na 'luidhe gu guamach,
 Ann an lagan beag luaehraich
 Gun ghluasad fo 'n ghreinn oirr'.

Far 'm bi cuaeah anns an Og-mhios,
 A seinn a leadana' boidheach,
 Air bharraibh nan ro-ehrann,
 Agus smicorach da 'beusadh.

'S far am faight' am breae tarra-gheal,
 A lcum ris a gharbh-shruth ;
 Gu soillseanach, meanabhreac,
 Gu deargbhallaich, gleusda.

'S an am tearnad gu baile,
 An deigh bhi 'dircadh nam bealaeh,
 Gheibhte gruagaichean glana
 A tional na spreidhe.

'S iad uilcadh gu boidheach,
 Caol cumaira, comhnard ;
 Gu furanach, ceolmhor,
 'S gu h-ordumail, gle-ghlan.

Ach 's i m' iomhaidh-sa 'n aon te
 A ghoid bhuam mo smaointean ;
 Ged a shiubhlain an saoghal
 Bidh mo ghaol di 's an cug mi.

Riamh o'n 'chunna mi 'n tos thu
 B'e mo mhiann a bhi 'n toir ort ;
 'S mar a faigh mi thu posda
 Theid mi 'n coir na h-aimhreite.

Tha do dhealbh mar bu mhiannach
 Le oigfhear bhi g' iarraigdh ;
 'S do nadur ciuin, ciallach,
 Paitl, fialaidh, ri feumnaich.

'S tha t' fhalt bachlagach, orbhuidh'
 'Na 'chaisreagan boidheach,
 Air a cheangal gu h-ordail
 Mar a chordas riut fhcin c.

Aghaidh bhainididh, chiuin, mhodhar
 Os cinn do mheal-shuilean boidheach ;
 Do ghruidhean tana mar rosan ;
 'S tha deud chomhnard na d' bheul-sa.

Corp seamhaidh, neo-clearbach,
 Gun uireasbhuidh dealbhaidh ;
 Ciochan corrach, cruinni, tarbhach,
 Mar chanach fannagheal an t-sleibhe.

Troidh chumaira, chomhnard,
 Chaol, chothromach, stoilte,
 Nach lot flùr na feoirnein,
 'S nach dean neoincin a bhcadadh.

A nighean mhin an fhuilt chlannaich
 'S nan gruaidhean dearg tana ;
 B'e mo mhiann a bhi ma' riut
 Ann an gleannan nan geugan.

Thug Mi Gaol do The Bhan.

THA mo chridhe 'cheart cho fuar
 'S ged bhithinn suaint anns a bhas
 O'n a dhealaich mi ri m' luaidh—
 An aon tc 'bhuair mi le 'gradh.

Thug mi gaol, gaol, gaol,
 Thug mi gaol agus gradh ;
 Thug mi gealladh 'us trom ghaol
 Do the chaomh nan ciomh ban.

'S goirt na deoir a ruith le m' ghruaidh,
 'S bochd mo thuar, 's geur mo chradh ;
 'S nii dha d' chursa 'nise bhuam,
 'S nach fhaod mi luaidh ort gu brath.

'S iomadh ceum a shiubail mi,
 Le ainnir mhin nam bas ban ;
 An uair nach robh mi anns an duil
 Gum biodh a cul rium cho trath.

Shaoil leam nach robh fo na gbrein,
 Na mhillcadh m' eud do 'n te bhan ;
 'S mar a d' thigeadh orm droch uair
 Cha chumadh bhuams' i ach bas.

Ach thig an t-am a bhios mi sint'
 An ciste dhireach nan clar ;
 'S theid thusa 'ghaoil a choimhead m' uir,
 'S a dh' fhagail flur air mo charn.

Guanag na Duthcha.

Air fonn—“A Nighean donn an t-sugraidh.”

THOIR dhomh-sa 'ghaoil do choimhneas,
 'Se 'chuireadh failt' 'us loinn orm ;
 'S a dh' fhagadh lan mi 'dh' aoibhneas
 Gach la' 'us oidhche 's maireanu mi.

'S mor a thug thu thaobh mi
 Le d' mhais' agus le d' aoidheachd ;
 Tha ni-eiginn na d' aoduinn,
 Nach cuir an saoghal a' m' aire-sa.

Tha cridhe fo do chiochian
 Tha 'deanamh nadur grian domh ;
 'S na 'm faoduinn 'dhol do t' iarruidh
 Bhiodh Dia agam ri 'bheannachadh.

Na 'm faighinn thu ri 'bhuanachd,
 Bu deonach leam an uair tighinn,
 'S am bithinn 'us mo ghuanag
 'An gaol bi'-bhuan nco-dhealaichte.

Dealachadh Eile.

Air seann fhonn.

'S mise 'n diugh nach 'eil sitheil,
 'S trom an t' eallach 'th' air m' inntinn,
 A fagail m' Anna na' miltean a m' dheigh.
 A fagail, etc.

'S gach uair agus meanaid,
 A deanamh 'n asdair nis fhaide,
 Eadar mis' agus m' Anna chiuin, reidh.
 Eadar mis', etc.

An Inbhinnis a tha 'n leannan
 Do 'n d' thug mis' an gaol maircann--
 An gaol cumhachdach falaich nach eug.
 An gaol, etc.

An Inbhirnis nan tur arda
 A tha beanag mo ghraidihsa,
 Ris an robh mi a manran an dc.
 Ris an robh mi, etc.

'S le bhi 'nise dha 'fagail
 'S ann tha mo chridh' air a sgaineadh,
 'S tha mi uile' fo chradh-lot ro-gheur.
 'S tha mi, etc.

'S mi nach cuireadh mo chul riut,
 'S mar a bhios mi dha t' ionndrain,
 Mar biodh an saoghal da 'r sguirsadh o' cheil'.
 Mar biodh, etc.

Saoghal guineach, neo-chaoimhneil,
 Saoghal duilich do 'n toilltneach ;
 Saoghal dorcha, dubh, oidhcheil, gun ghréin.
 Saoghal, etc.

'S ged a gheabhar dhomh coire
 Airson mo ghaol bhi cho daingean,
 Cha 'n urra' mise' bhi 'lagh ri ncarrt m' eud.
 Cha 'n urra', etc.

Seonaid.

Air seann fhonn.

'SE 'm bruadar oidhch' a bh' agam-sa,
 Air leabaidh 'us mi 'm shuain
 A chuir air ghlüssad ní' aire dhomb,
 'S a charaich m' anam suas—
 'Bhi coimhead Seonaid bhachlagach,
 'Na m' ghlacaibh agam suaint',
 Beul ri beul i glaist agam,
 An taitneas tairis luaidh'.

O ! Sheonaid bhoidheach, mhiog-shuileach,
 A chuailean rionhaich bhain,
 Thug mi gaol le frinn duit
 O thiom nach lamh mi 'radh' ;
 Is e mo reusan mulaid-sa
 'Us m' uireasbhuidh do ghnath,
 Nach' eil thu 'n comhnuidh maille rium
 O ! aimmir nan gcal-lamh.

Na'n d' fhuair mi 'ghaoil le ordugh thu
 Bhiodh m' iuntinn og aig saors' ;
 'S bhithinn da rireadh sasuichte,
 Ge d' shaoileadh cach mi faoin ;
 Ach thusa 'bhi 'na d' oirdhearcas
 An comhnuidh aig mo thaobh,
 Gu m' chabhair le do dhearbh-mhaitheas
 Tro' gharbh-chcumainbh an t-shaoghal.

'Se sealladh d'he do mhcal-shuilean
 A thaitueadh ri gach aon ;
 'Se d' aghaidh bhoidheach, aingcalach,
 'S do mhalaichean glan, caol—
 'S do ghruidhean mar rois mheangaunán,
 'S do bheul dearg, meachair, caoin—
 A bheireadh air na h-oigearan
 Bhi 'n toir ort air a chaoch.

C' ait an diugh 'm beil an Ainnir ?

THA 'Nollaig 's a Challuinn
 A nis' agaínn le 'cheile ;
 'S 's iomadh uair 'chaidh iad seachad
 A dh' fhag iad agam-s' cor eibhneis.
 'S 's iomadh, etc.

Ach tha mi 'nise na m' Gheamhradh
 Gun duil ri Samhradh orm eirigh.
 Ach tha, etc.

Rothadh liath air mo chridhe,
 'S fuar-ghaoth bhiorach dha m' reubadh.
 Rothadh liath, etc.

'S cha till rium ri m' shaoghal
 Na laithaibh aotrom a threig mi.
 'S cha till, etc.

'S cha 'n 'eil anns na chaidh seachad
 Dhe mo bhcath' ach mar sgeula.
 'S cha 'n 'eil, etc.

Tha 'tighinn airais orm mar bhruadar,
 Dha mo bhuaireadh go deuraibh.
 Tha 'tighinn, etc.

'S bheirinn m' uile chuid mil' uair
 Airson gu 'm b' fhirinn na 's leir dhomh—
 'S bheirinn, etc.

Mis' 'us Mairi chiuin, bhoidheach,
 Air feadh nan og-phreas le 'cheile.
 Mis' 'us Mairi, etc.

Mar fhluraichcan Bealltuinn
 'Us grian Samhraidh dha 'n eideadh.
 Mar fhluraichean, etc.

C' ait' an diugh 'm beil an ainnir
 A rinn m' anam-sa 'cheusadh ?
 C' ait' an diugh, etc.

An Dara Pairt.

DAIN, ORAIN CUMHA, AGUS RANNAN EILE.

Sgeulachd.

An deigh 'bhi fishead bliadh'n' air astar
 Ann an aitibh fad air falbh,
 Thill an eoigreah sgith air ais
 'Us leig e dheth an eath 's an t-arm ;
 Bha iarrtas a ehridh a rithisd
 Gus an tir san robh e og—
 "Tir nam beann, nan gleann 's nan gaisgeach"
 Tir nan eas-eas, tir a cheo.

Rugadh e 'an gleannan boidheah
 Far an eual e 'n smeoraeh trie,
 Agus eubhag ghorm 's an Og-mhios,
 'Deanamh eeol air feadh nam pris ;
 'S far am b' abhaisd dba bhi 'marbhadh
 Nam breac tarragheal air an linn.
 'S a bhi ruith nan lan damh deargá
 Feadh nan garbh-shleibhte 's nan glinn.

Chuimhnich e air laithibh oige
 'N uair a fhuair e rithisđ e fein
 Ann an duthaich ard a ehairdean,
 'S air na dh' fhag e as a dheigh ;
 'S chuimhnich e—"us bhreab a ehridhe—
 Air a' nighean bhoideah, bhan,
 Dha 'n tug e an gaol 's an gealladh,
 Naeh do dhealaieh riabh ris la.

'N uair a dh' fhalbh e dhinns' e 'run di
 'S rinn iad cumhnanta ri cheil'
 Agus gheall i air a cioch dha
 'Bhi co-dhiu cho dion ris fein ;
 Thubhairt e rithe gum pilleadh esan
 Ged a b' ann an leth-cheud bliadh'n,
 'S fhreagair i "mar till a ghraidh thu
 Gheabh am bas mi dhuit-sa fior "

Ged nach robh e uile bheairteach,
 Rinn e pailteas air a chuairt,
 'S b' fhada 'sporran o bhi falamh
 A tighiuin dachaидh do 'n Taobh-Tuath ;
 Runaich e air togail tighe
 Ann an caidreamh an Uillt-Ruaidh
 'S ma bha Anna bhan a lathair
 Bhicdh a lamh aig air an uair.

Be so a smuaintean 'us e g' eiridh
 'S an tigh-sheinns' air maduinn fhuar,
 'S e 'faicinn fir na duthcha 'tional
 As gach baile beag mu 'n cuairt ;
 Chual' e gum b' e la 'Mhail e,
 'S rinn e gairdeachas an duil
 Gum faiceadh e a ri'sd na cairdean
 Coir a dh' flag e air a chul.

Ach Och, 'us Och ! bu bhlochd am prasgan,
 'N uair a chaidh e 'measg an t-sluaign ;
 Bu leir shoilleir cruas an t-saoghaill
 Air gach aodunn agus gruaидh ;
 An aite daoine mora, troma,
 Breacain shomalt', agus tuar,
 'S e bhann pronnasg, chaola, loma,
 'S iad air tolladh leis an fhuachd.

'N uair a thainig Latha na Sabaid
 Chaidh e 'Chul-nan-Carn a chluinntinn
 Biathraibh 'n t-shoisgeil anns a Ghaeilic,
 Ged nach mor dhi 'thainig na 'chuimhne ;

Agus shuidh e far am b' a'isd da
 'N uair a bha e og na 'bhalach
 Eadar athair 'us a mhathair,
 G' eisdeachd sacramaid nam beannachd.

Cha 'n aithnicheadh e fear a' dusan
 Dhe na 'chuimhaic e mu 'n cuairt da,
 Bha e b' eolaiche's an Spain
 Na ann an Cul-nan-Carn 's an uair sin ;
 Bha fiamhachd neach an sid 's an so
 Mar choltas caraide dha 'bhualadh,
 Ach sann a dh' fharaich e da rireadh,
 Mar gu 'm biodh e ann am bruadar.

Ach thug e 'n aire thair a ghuallinn
 Do dh' aon ghruagach, stuaimé, bhoidheach,
 A shuidh ri taice bodach gruamach,
 Mar fhlur ri taobh lus suarrach loine ;
 Cha 'n fhaca 'shuilean riamh air thalamh
 Dealbh a leannain ach a' nighneag ;
 'S chrith a chridhe mar an duilleach ;
 Ghluaiseadh rud-eigin na inntinn.

Chaidh e 'm feasgar sin an cabhaig
 Gu tigh athair 'us a mhathair,
 'N duil ri 'm faighinn aig an dachaидh,
 Ma' ri 'pheatliraiclean 's a bhraithrean ;
 Fhuair e an t-Allt-Ruadh 's an Creagan,
 'S an ceuman faiche mar a bha iad.
 'S rinn an sealladh og a risd e,
 'S ghuil a chridhe lc meud a ghairdeas.

'S ann an cuairteag bheag de'n rathad
 Thachair air an ainnir ghuanach
 A shar a shuilean ainsn an eaglais,
 A tighinn na 'choinneamh le ceum uallach ;
 Mar a ghrian an tus na maidne
 'Sgaoileadh soluis geal mu 'n cuairt di,
 Blia aghaidh fhlathail, mhaiseich chaoimhneil,
 Na h-og mhaighdinn do 'n fhear-fhuadain.

Thubhairt e ri' gu socrach, siobholt'—

“ A ribhinn inn's dhomh mu do chairdean,
Cha'n 'eil fhios nach 'eil thu 'chuideachd

A chuireadh air fear-turuis failte ;”

Fhreagair ise—“ Their an sluagh ruim

Caileag ghuannach Cheann-na-Loine,

'S nighean mi do dh' Anna Bhan,

Do theaghlach Phadruig Bhail'-an-t-Sroine.”

“ Mo leannan, Anna Bhan na 'mathair !

C' arson a thainig mi do m' dhuthaich !

Nach truagh nach d' fluirich mi 's an Spain

A bruadal air na dh' fhag mi dlu dhomh ?

O ! bhoirionnaich co 'bhircadh circideas

Dha do gheallaidean na d' bhoidean !

C' arson tha duine dhuit cho lag,

'S gu 'n gabh e d' fhacal air a sholas ?

Chum e roimhe 'dh' ionnsuidh 'n tighe

Agus anam air a chradh-lot ;

Gus nach creideadh e a shuilean

Gu 'n robh e cho dlu dha 'n fhardaich ;

Ach an aite smuid 'us beatha

'Bhi mu 'n dachaидh mar a dh' fhag e,

'S ann nach robh ach graine chlachan

'Us smurach mhaidean air an laraich.

Shuidh e 'mhan air leac an doruis

Bha 'ghrian a dol fodha mu 'n Chruachan,

'S a chamhanaich mar fhaileas sgathain

Ri caoин ath-dhearsadh air gach fuar-bheann ;

Bha cridhe 'choigrich bhochd trom, tursach,

'S tuiltean 'na dha shuil a gluasad ;

Dh' pharach c 'spiorad bras dha 'fhagail,

'S an saoghal falambh, fas, mu'n cuairt da.

Bhia 'chraobh-chaoruinn fhathasd na 'seasamh,

'S am beagan phreas a bha 's a gharadh,

'S a chlach mhor aig ceann an tighe

Ann na 'luidhe far am b' abhaisd ;

Ach mathair cha robh ann na athair,
 Na puithair charthannach, na brathair ;
 Na fiu eolach, na seann charaid
 Mu 'n cuairt do 'n dachaidh 's an deach 'arach.

Dh' eirich e gu trom, mi-shunndach,
 'S chaidh a 'dh' ionnsuidh an tigh-osda,
 Far 'n do chuir e 'n oidhche seachad,
 Air bheag codail agus solais ;
 'S an uair a dh' eirich suas a mhaduinn
 Air a cathair mhaiseach, ordhearc,
 Fhuaradh eis' am Bail-an-Tomain,
 Ann an comunn cianail, somhach.

'S a tighinn air ais a ris am fheasgar
 Thachair air an te a chiur e,
 'S dh' inns' a chridhe dha co bh' aige
 Ged' nach d' aithnich e le 'shuil i ;
 Thuit iad ann an cneacas bruidhne
 Mu'n an duthaich 's tioman eile ;
 Chaith eise 'n oidhche sin sa Bhraighe,
 'S an lath'rna mhaireach ghabh e chead de.

· **Oran do Chomunn Chlann Domhnuill.**

THOIR tasgaidh bhuam 'us beannachadh
 A dh' ionnsuidh uasail cheannasach
 A' Chomuinn bhuadhar, fheارالاچ,
 Dha'n uile dhual 'bhi smearalach,
 A reir mar 'ghluais an seanairean—
 'S e 'thi mi 'luaidh na maithibh
 'Tha mu Chomunn glan Chlann Domhnuill.
 'S e tha mi, etc.

Mo cheisid na laoich circachdail,
 'Tha 'cumail beo gu bcadarrach
 Gach gnaths 'us doigh nach beag oirnn
 A bh'aig na seoid o'n d' lcigcadh oirnn
 An elcoea gloir nach teirig dhuinn—
 Clann Domhnuill mhor nco-eagalach,
 Co 'm fineadh 'bheircadh toir dhiubh ?
 Clann Domhnuill, etc.

'S cha 'n aobhar tair' na maslaidh dhuibh
 Aon suil na dha air ais a thoirt,
 'S an tiom a ri'sd a bheachdachadh
 'S an robh 'ur sinns'rcaadh gaisgeanta,
 Na 'n reultaibh 'soillscachd eachdaircachd,
 'S gach latha riamh—mar thachras dhoibh,—
 'N ceum toisich ac' 'us coir air.
 'S gach latha, etc.

Maraon a sgiursadh Lochluinnich,
 Na 'sgapadh Ghoill 's da 'n closnachadh,
 Air muir 's air tir co 'choisneadh iad ?
 An gearradh chinn 'us chlogaidcan
 Cha b' ann gun bhrigh dhoibh 'm brosnachadh,
 'Nuair 'dh' eireadh colg 'us crosd orra
 Bu ghoirt do luchd 'ani fairneart.
 'Nuair dh' eircadh, ctc.

'S ann 'chi mi 'ri'sd 'am bruadar iad—
 Na flaithaibh frughant', cruadalach,
 Gu srolach, piobach, nuallauach,
 Gu gunnach, claidheach cruaidh-lamhach,
 Gu sgairteil, tart'rach, luath-cheumach.—
 A dol 's an ordugh uamhasach
 A choisneadh buaidh 's gach comhraig.
 A dol 's an, etc.

Mac-Dhomhnuill mor nan Eileannan,
 'Us Mac-ic-Eilean sheasadhb e ;
 Gleanna-Comhann cha chcileadh e ;
 'S a Cheapuich cha bhiodh deireadh oirr' ;
 'S Gleann-Garradh dlu, 's cha theicheadh e ;
 'Us iomadh fion-fhuil cile
 Nach biodh leibidcach 's a chomhlan.
 'Us iomach fion-fhuil, etc.

'N uair 'thogta suas aig Armadull
 A bhratach rioghail, anabharrach,—
 Long, lcomhann, craobh, 's laimh-dhcarg oirre,
 'S am bradan slimneach, tarraghealach,
 Crann-tara 's fraoch nan garbh-bheanna' ;
 Do namhad bu nco-carbsach
 'Thighinn a dh' fhaotuinn cearb na sgeod oirr'.
 Do nainhad, etc.

Mar mhuir a bcumadh chladaichean,
 Mar thuil a leum le creaganan,
 Mar uisge speur 'us dealanach,
 Mar ghaoth a renbadh dharagan
 Siol Chuinn fo eirigh dealasach ;
 Gu dearbh do'n dream ri'n reachadh iad
 Bhiodh cuirp 'us clraiginn leointc.
 Gu dhcarbh do'n etc.

Sar shliochd nan righrean uasal
 A bha 'n Alb' 's 'an Eirinn uaireigin,
 'S da rireadh cha bu shuarrach iad ;
 Bha iomadh la 's gu'm b' uaibhreach iad,

Air fonn 's air sal mar 'ghluaiseadh iad,
 'Us lean an aill' 's an dualchuis ud
 Gach al a ghluais o Dhomhnull.

'Us lean an, etc.

'S cha b' ann aon 'air ach iomadh uair
 Bu cheisid do chach an cuireadh iad
 An Alb' an crun 's a h-uile ni
 An taobh 'm bu mhiaim leo 'm buileachadh—
 Cha mhor nach d' rinn na curaidh sid—
 'Us chuala sinn gu 'm buineadh dhoibh
 Dheth tuilleadh 'us leth corach.

'Us chuala sinn, etc.

'S mar deacha leo Cath Gharioch
 Cha mhɔ a chaill na'm b' aithne dhoibh
 Mar sheas a chuis 's a chamhanaich ;
 Cha mhor a bh' aig na Gallaibh dheth
 Ach oidhche chianail, chaithriseach ;
 'S ged 'chum iad lar gu maduinn ann
 Cha b' ann a tharruinn comhraig.

'S gc d' chum, etc.

Ach 's iomadh linn a chunnaic iad
 O sid gu statail, urramach,—
 Clann Domhnuill a bha cumhachdach,
 Ro laidir, dana, curanta ;
 Ach thainig la 'us chuireadh iad,
 Maraon 's na Gaidheil uileadh
 Gun doibh feum 'an tuilleadh seodachd.
 Maraon 's na, etc.

Ach gheabhar fhathasd 'an uachdar iad,
 'S gach uile cearn' 's an gluais neach dhiu' ;
 Tha seorsa naduir fuaighe riu,
 Gur dochá leo 'bhi 'buannachadh
 Na luidhe 'n iosal suarrachais ;
 Tha ardan agus uails' annta
 Is lochlain buaidh dhoibh 'n comhnuidh.
 Tha ardan agus, etc.

Cumha Mathair

*Air fonn—“Oran an t-Shamhraidh,” le Alasdair Mac Mhaigstir
Alasdair.*

AN am dhomh eirigh 's a mhaduinn
'S neo thaitneach mo sgeul—
A bhi na 'luidhe air cluasaig,
'S gun aic' iarraidh air gluasad,
Am bas an dcigh a bualadh,
'S i fo fhuarachd a sgeith—
A bhean dilis 's a mhathair,
Nach d' fhag a h-aicheadh a' deigh.

'S goirt a rainig e m' chridhe—
'S ann chaidh mi 'shileadh nan deur—
'Nuair a thuig mi gu 'n d' fhag thu
Gu siorruidh 'n tealluich mu 'm b' ai'st duit
A bhi 'cur uileadh oirnn failte,
Mar ghrian an airde nan speur,
Ann a maduinn bhilath bhoidheach,
Air fasachd oirdhearc a Chre.

'S ann tha 'n t-ionudrainn 's 'an dachaидh,
'S an fhalamheachd fhuar,
Anns nach fhaicear do chaomh-ghnuis,
'S anns nach cluinnear do chaoi-ghuth,
Do 'm b' ai'st oirne 'bhi taomadh
Gradh 'us gaolachd mu 'n cuairt,
Mar fhrasan Samhraidh a braonadh
Air gorm-aodann nam bruach.

'S b' e sid a gnuis a bha tlachdmhor,
Aoidheil taitneach ri cach ;
Foinneamh, finealta, stuaimé,
Caoimhneil, carthaunnach, suairce,

'S nach fhaicte 'dorchadh fo ghruaimean,
 Air cho chruaidh 's ga 'm biodh cas ;
 Cha chuireadh trioblaid na buaireadh
 Gu siorruidh fuaehd air a blaths.

'S a guth—bu bhinn' e na coisir
 A' measg nan eoin anns na glinn—
 Au uair a sheinneadh i oran,
 Na 'dh' innseadh i sgeola,
 Co nach eisdeadh gu deonach
 Ri a eeol-ehainnt bhog, bhinn ;
 'S ann aice fein a bha 'n doigh
 Air a cur an ordugh gu grinn.

Bu trie a chunna mi againn
 Leth a bhaile mu'n cuairt—
 Na daoine 's na mnathau,
 Na fearaibh oga 's an leannain,
 Gu leir a tighinn gu bhi ma' ri,
 'S a dh' fhaotuinn toileaehadh uaith' ;
 'S ann di-sa 'thigeadh an t-aighear,
 'S an dibhearsan gaeh uair.

'S i bu 'ghrian duinn 's bu ghealach,
 'S i bu 'phlanaid, 's 'bu reult ;
 A flatadh 's a boisgeadh
 Mar an neamhnad na 'n daoimean,
 Na mar ghath-sholuis soillseach
 Anns an oidhch' air an speur,
 A feuchainn rathad feadh echoilltean
 Far naeh d' rinneadh an ceum.

Ach ciod a math dhuinn 'bhi 'bruidhinn—
 Tha 'ar suidheahadh cruaidh ;
 'S cha d' thig ise do 'r n' eisdeahd,
 Na a thiormaehd ar deuraibh ;
 Dh' fhalbh am bas le, 's b' e 'm beud e,
 'S tha sinn eiginneach, fuar ;
 O na thugadh bhuainn fein i
 Dh' fhalbh 'ar n' eibhucas 's ar' n' uaill.

Ach thig an oidhche 'n deigh 'n latha
 Mar thig cath an deigh sith ;
 Cha robh Samhradh gun Ghcamhradh,
 'S tuitidh 'n duillcach 'nuair 's am dhi,
 'S theid an trcun-churaidh amhladh—
 Cha 'n 'eil ann ach da ni—
 An diugh 'ar cois air an fhaillean
 Fo 'm faod sinn 'maircach 'bhi sinnt.

Leam Fhin.

Air fonn—“ Eh, oro, Maol-Ruanidh.”

Eh, oro, mo thruaighe mise dheth,
 Eh, oro, mo thruaighe ;
 Dh' fhalbh mo chairdcan 's dh' fhag iad uileadh mi,
 Eh, oro, mo thruaighe.
 Dh' fhalbh mo chairdcan 's dh' fhag iad uileadh mi
 Eh, oro, mo thruaighe ;
 'S mu 'n d' fhuair iad reusan threig mo chuideachd mi,
 Eh, oro, mo thruaighe.
 'S mu 'n d' fhuair iad reusan threig mo chuidcachd mi,
 Eh, oro, mo thruaighe ;
 Cha tig a h-aon an gaoth dhomh tuilleadh dhiubh,
 Eh, oro, mo thruaighe.
 Cha tig a h-aon an gaoth dhomh tuilleadh dhiubh
 Eh, oro, mo thruaighe ;
 'S ann tha mi sgith leam finn 'us muladach,
 Eh, oro, mo thruaighe.
 'S ann tha mi sgith leam finn 'us muladach,
 Eh, oro, mo thruaighe ;
 'S mo chridhe 'dol aog chion aoidh 'us cuideachda,
 Eh, oro, mo thruaighe.

Cumha Mnatha.

Air fonn—“ Cha till mo bhean tuilleadh.”

DH' fhag mi 'n diugh anns a chlachan
 'An trom luidhe fo 'n fhoid,
 Bean mo shugraidh 's mo ghcallaidh—
 Bean leannanachd m' oig'.

Cha till mo bhcan channach,
 Cha d' thig mo bhean mhin ;
 Cha till mo bhean bhoidheach,
 'Us mise m' onar leam fhin.

'S truagh a ghaoil nach e mise
 'Bha 's a chiste 'na d' ait' ;
 Ciamar 'shiubhlas mi 'n saoghal
 A nis' as aonais do ghraidh ?

Cha chluinn mi tuilleadh mar b' abhaisd
 Do ghuth blath-bhinn na m' chluais,
 Na do cheum air an urlar,
 A dol gu sunudach mu 'n cuairt.

Tha do mheal-shuilcan duinte
 'S tha do ghnuis gun a tuar,
 'S tha do bhilean neo-dhaite,
 Ged bu thlachdmhor do shnuagh.

Cha 'n 'eil m' ardach ach fuar dhomh
 Gun thu-s' a luaidh ri mo thaobh ;
 B' feàrr leam agam a' nochd thu
 Na mcud fortan an t-shaoghal.

Tha do leanabh na m' achlais
 'S e 'toirt dealt air mo ghruaidh ;
 'S a chridhe beag air leth sgaineadh
 A g' iarraidh 'mhathair 's i bhuainn.

Chaidh solus mo bheatha-s'
 As le osag a bhais ;
 'S tha nis' oidhche mu 'n cuairt domh,
 Ach 's math nach buain' i na m' la.

Rannan Cuimhneachain air Mairi Nic-Ealair.

'S GOIRT an sgriob a thugadh oirnne
 'N am do 'n eorna bhi ga 'ghearradh,
 'N uair chaill sinn Bannrigh ard nan oran,
 Mairi cheolmhor, choir, Nic-Ealair ;
 Tha ar garadh air a maoladh
 O'n a thuit gu lar a chraobh ud,
 Air am faighte 'm barr gu daonnan
 A bha priscil, maoth-bhlasd', taitneach.

Tha 'n result bu shoilleire 'n ar speur
 A' nochd gun eirigh mar a b' abhaisd,
 'S cia as bhios duil againn ri te eil'
 'Bhios cho leir-gheal is a bha i ?
 Bithidh ionndrainn air an t-soillse
 Ann ar measg a ghnath a rinneadh
 Le a gathan glana boisgeannt',
 A dheanadh oidhche mar an la dhuinn.

Tha'n t-eun bu bhinn seisd 'sa chro-choill,
 'Nise somhach, 'us be 'm beud e,
 'S gu 'm bu mhilse, 's gu 'm bu bhoidhche
 'Ceol na organan 'us teudan ;
 'S iomadh snil o'n sil na deoiraibh,
 Agus cridhc 'bhios ciuirte leointe,
 Nach cuinnear tuilleadh i ri orain—
 Is aobhar broin c agus eislein.

Ach thainig t-am is dh' fhalbh thu, 'Mhairi,
 Gu bhi 'measg nam bard a chaithd ;
 'S cha mhor dhe d' leith'd a'd dheigh 'dh' fhag thu
 Ann an Gaidhealtachd nam beanna' ;
 'S ann a bha thu dhuinn mar mhathair,
 Le do chridhe fialaidh, pairtceach,
 Do 'm bu smuain a dh' oidhch' 'us la
 Gach ni a b' fheairrde sinn 's na gleanna'.

Mar thachair dha do leith'd an comhnuidh,
 Chuir an saoghal a chleoca fein ort—
 Na' n tigeadh grian na'n speur 'na 'choir,
 Cha b' fhad 's an comhdaichte le breid i—
 Cha deacha 'n ceann 's an cridh' cho coirte
 Riamh aig ncach sam bith 's bu deonach,
 'S gheabhar a ghnath a' measg an oir
 Na cendan seorsa ni neo-fheumail.

Sith gu siorruidh dhuit a Mhairi,
 'S iomadh gras a bha riut ceangailt',
 Cha lcig sinn a cuimhn' gu bratha
 Sealladh blath do thlath-shuil mheallach ;
 Le do mhaitheas 'us do bhuaidhean,
 Le do chairdeas agns t-uailsc,
 Shnaim ar cridhcachan mu 'n cuairt duit,
 Mar an eidhionn chruaidh mu 'n mhaide.

Do n' Mhiosail Ghaidhealach—1892.

FAULT' 'us furan air a *Mhiosail*,
 'Thainig thun an t-shaoghail am bliadhna,
 Gu ma fallain, leathann, lionta,
 A bhios bronag ;
 'S gu ma h-ionma' taobh bun-griosaich
 'S am bi 'h-eolas.

Bha 'n t-am gum freumhaicheadh 'n ar garadh
 Craobh a ghealladh mcas a dh'fas ourr—
 Mcas trom, torrach, tarbhach, laidir,
 Brioghmhor, taitncach ;
 'S fhada bho 'n bha duil nan Gaidheal
 Ri sid fhaicinn.

'S bha 'n t-am air tighinn mar an ceudna
 Gu'm facite ronnag air ar speuraibh—
 'S air cho beag 's dha 'nì biodh a h-eibhcachd
 An tus a dearrsaidh —
 A dh' fheuchadh guni beil latha g' eiridh
 Air a Ghailig—

Latha soilleir, fonnor, briagha,
 Mar ghairc Samhraidh 'n deigh siantan,
 Na mar mheduinn bhoidhcach, ghrianach,
 An deigh oidhche,
 A boisgeadh air na sleibhtibh fiarach,
 'S air na coilltibh.

'Se Soisgeul-theachdaireachd na 'Miosail
 Braithrean dhe na Gaidheal a dheanamh,
 Agus eachdaireachd nam bliadhna
 A chaidh seachad,
 A chur ri cheile dhùinn 'am briathraibh
 Tuigseach, farasd'.

C'airson nach fhaigh gach linn tha 'g' eiridh
Eolas air na laoich a dh'eug bhuainn,
'S air na maithibh calma, treunda,
A bh'ann romh'inn,
Air nach'eil ri inns' droch sgeula,
Na cunntas coimheach ?

Ged is glic sinn 's ged is proiseil,
Cha 'n 'eil fhios nach b' fheairrd' ar doighean.
A bheag air choireigin do dh' eolas
A bhi againn,
Air caitheadh-beatha laochraidd Chona
O chionn fhada.

Dan.

Air fonn—“'S gu'm bu tarbhach am bradan,” &c.

NAM faigheadh sinn mar bu deoin leinn
 Air ais a rithisd ar n' oige,
 Bhiodh sinn uilc ro-sheolt' agus ceilleil.
 Nam faigheadh, &c.

Ach a mheud 's a bu mhiann leinn,
 Cha till ruinn mionaid gu siorruidh,
 Ged a dheanadh sinn bliadhna do 'n te sin.
 Ach a mheud, &c.

Dh' fhag an de sinn gu bratha,
 'S bidh 'n diugh a' maireach na 'aite ;
 'S mar sin la agus la 'n cois a cheile.
 Dh' fhag an de, &c.

Mar uisce nam beanna'
 A ruith gu iosal nan glcanna',
 Gu siorruidheachd beatha gach creutair.
 Mar uisge, &c.

Na mar an duilleach air uachdar
 Sruth na h-aibhne 's i 'gluasad
 A dh' ionusuidh a chuain as nach eirich.
 Na mar an, &c.

'S o nach fhaigh sinn a bhuanachd
 Air ais a rithisd na fhuair sinn,
 'S tric gur buidhe leinn 'bhi bruadar mu
 'dheidhinn.
 'S o nach fhaigh, &c.

Tha suil air ais air na dh' fhag sinn,
 Gu tric na aighear 's na ghairdeas ;
 Ach scalltuinn romhainn mar airde chuain
 bheucaich.
 Tha suil air, &c.

'S mar a misde cha 'n fheairrde
 Mo chridhe cho minig 's a tha e
 A' measg uan cuimhneachan gradhach a
 threig mi.

'S mar a, &c.

'S gur ann tha bliadhnaibh do 'n tional,
 Mar an cuan gus a chladach
 Na geala-chlachaibh beaga na 'n ceudan.

'S gur ann, &c.

'An Cuimhneachan.

Mu 'n am so 'n dc bha sinn eibhinn, aighearach,
 'An ceann a cheile gun bheum gun chab as'inn ;
 An diugh gur maol sinn 'us aon te 'n cadal oirnn--
 'An cadal sior' as nach iarr i carachadh.

Co sheasas t 'aite o'n dh' fhag thu falamh e ?
 Am beil mu 'n cuairt duit a luach na leamas tu ?
 Chan ann 's gach fardaich a bha do leathaidh-sa,
 Mar bhean 's mar mhathair bu nadur aingil thu.

Ach dhorchadh reult anns an speur a shoilleirich
 Do mhath 's do bheusan a the bu loinnicile ;
 Chaithd grian fo chuan 'n uair a dh'fhuardh t' aghaidh-sa
 'S a dh' fhalbh an tuar a bha uasal foinneasach.

Tha eunan somhach bu bhoidhche shcinncadh dhuinn
 Na cruit nan smcorach 'an cro-choill leadanach ;
 Mar theud na fidhle bha 'min-ghuth feadanach
 An toiseach coisridh na 'n comhradh beadraidh.

'S falamh 'chuil gun do shuil ga 'dealrachadh,
 'S gun chainnt do bheoil 'eir an ordugh 'n dachaidh
 dhuinn ;
 'S ann na do lathair a ghnath bha 'n fhallaineachd,
 'S an tlus 's an cairdeas, a bhasaich maille ruit.

Do 'n Duilleach.

'GED a b' ard air craobh an de thu,
 Tha thu 'n diugh na d' luidh' 's an fheurach ;
 Thaing t' am 'us sguab an t-Eug
 Le 'sheid gu lar thu ;
 'S cha 'n fhaicear tuilleadh thu air geug—
 Tha greim a bhais ort.

'S cha dhuisg thu 'm feasda ris a mhaduinn
 A dannsa feadh nan gleanu 's nam badan,
 'S a sgoileadh beath' 'us blaths air talamh,
 Mar mhaighdionn ghradhach
 A lasadh gaoil an uchd a leannaiu
 Lc gath a tlath-shuil.

Ni mo a fhreagras tu do 'n reidh-ghaoth,
 'Ged bu tric 'an glacaibh 'cheilc,
 'Phung sibh oran, ceolmor, scisdeach,
 Feadh gheug 'us bharraich ;
 'S a ghabh sibh crongan do na gherein,
 Dha 'cur a chadal.

Sheinn an sambradh crann-ghorm cuachadh,
 'S am foghar fallain, tairis, uachdrach,
 An uchd a cheil iad fhein 'an suain,
 'S 'am bruadar diomhair,
 Air broilleadh caidreach nach lcig bhuaidhe
 Iad gu siorruidh.

Mar sin is deireadh do chlann-daoine ;
 Bheir am bas fo 'sgeith gach aon diu,
 'S cha bhi beatha duin' ach aotrom
 Aig tighinn na h-uarach,
 Ach 's e sin isle 's aird' an t-shaoghal,
 'Us crich ar cuairt ann.

Ged bu le neach cnan 'us talamh,
 'S gach reult 's na neamhan agus planaid,
 'Nuair thig eadar corp 'us anam
 An sgaradh bi'-bhuan—
 'S ged bu righ air righrean thairis—
 Cha thill a spiorad.

'S theid e as an t-saoghal mar thainig
 A dh' ionnsuidh 'n t-siorruidheachd o'n d'fhas e ;
 Lomaidh geur sgian-dubhl a bhais e
 Aig ceann a thuruis,
 Ged a chruinnaicheadh 's a charnad
 E a Chruitheachd.

'S gach ni a rinn e nach robh ciallach,
 Eadar tigh'un do 'n t-shaoghal 'us triall as ;
 'S gach ni a dh' fhag e gu'n a dheanamh
 Do 'n bu choir dha,
 Cha 'n fhaigh e ris' a chur air rian
 An deigh nach beo e.

'S o nach 'eil aig mac an duin',
 Ach cuairteag bheag do 'n t-shaoghal uile,
 Cia'r son a bhiodh a la cho duilich,
 'S is tric a tha e ?
 Cia'r son nach gaireadh e an diugh
 Gun ghal a' maireach ?

Cia'r son a tha 'n saoghal mar altair—
 'S an cinne-dhaoin' an iobairt lasrach ?
 Cia'r son a tha am bas dha 'altrum
 An uchd beatha ?
 'S cinnteach gum beil duais an tasgaidh
 Tha 'n so an cleth oirnn.

Mort Ghlinnecomhann.

BHA 'n sneachda geal Earraich a caitheadh feadh ghleann,
 Agus fuar ghaoth a seideadh air sleibhte nam beann ;
 'S mar bha 'ghrian a dol fodha air Gleannacomhann nam
 buadh,
 'S ann bha 'ghaillionn a g' eirigh 'an treundas mu 'n cuairt.

Ach na 'n dachaidhean beadrach cha robh eagal na smuain
 Air muinntir a glinne ge b' e 'thigeadh a dh' fhuachd ;
 'S ged bha saighdearan dearga fo arm aig gach bord,
 Bha an oidhche 'dol seachad ri caithream 's ri ceol.

'S ann an greadhnachas cairdeach ri abhachd 'us muirn,
 Gun an duil gun robh namhad dhoibh 'tamh fo na chrùn ;
 'S gach cridhe ri gairdeas mar ghaire nan eun
 'Nuair thig Samhradh a dhannsa 'measg ghleann anns a
 Cheit.

Ach mun d' thainig a mhaduinn bu fhrasach fo dheoir,
 Iomadh suil a chaidh 'chodal 'an aighear gu leor,
 'S ful chraobhach nan gaisgeach 's na neo-chiontach
 truagh,
 Dha 'taomadh ri talamh fo fhasgadh 'n droch uair.

Gheibht' athair 'us mathair air am bas-leabaidh suaint,
 Am piuthair 's am brathair air an lar 'us iad fuar ;
 Gheibht' an seanair 's am paisd' air an sathadh lc cruaidh,
 'S Gleannacomhann fo mhulad a tuireadh a shluaign.

Clann Iain dha 'n sgapadh, gun cheartas gun choir,
 Ann an doigh, tha e dearbhte, 'chur Alba fo sgleo ;
 'S gus an teirig na beannta 'tha mu 'n ghleann air gach
 taobh,
 Bidh cuimhn' air an oidhch' ud an tir nan coilltean s' an
 fhraoich.

Prionns Tearlach ann an Gleannamoireasdain—
1746.

O ! cirod a thig a nise dh' iom-s'—
 Cha robh mi riabh cho truagh dhe—
 Fo na choillc 's an dubh-shion,
 'S air feadh nan sliabh air m' fhuadach ;
 Mar mhurtair na mar mhairleach mi,
 'Us pris orm ri bhuaunnachd—
 Nach bochd an status do mhac Righ
 'Bhi 'm priosan fo Leac-Ruaridh !

'S goirid o'n a b' ard mo dhochas,
 'S Gaidheil mhor muu 'n cuairt domh —
 Camshroinich 'us Clann-an-Toisich,
 'S Domhnullaich—na ghluais dhiu ;
 Agus Stiubhartaich na h-Apuinn,
 'S Athollaich nam fuar laim ;
 'S Friseilich 'us Clainn-a-Bhraighe—
 Do 'm bu ghnath bhi buadhar.

O ! 'Chuilfodhar nam beum torrach
 'S rosadach do sgeula,
 'S goirt a thachair dhuinn a mhaduinn
 'Chuir sinn cath muu d' reidhlein ;
 'S e t'osag choimhcach a chuir as
 An solas gcal a reult oirnn,
 'S a thug Gcamhradh air an t-Shamhradh
 Lcis an d' fhcall ar n' eud sinn.

'S iomadh Gaidheal gaisgeil, og,
 A dh' fhag thu leointe creuchdach,
 'S an daorach air do chnuic 's do loin
 Lc fuil nan seoid 's bc 'm bcud c ;
 Cha tcid as mo chuimhnc 'm feasda
 Gaoir 'us sgread nan treun-fhear,
 A pogadh bais, 's gun treoir na 'n lamb,
 'Us bruidean namh dha 'n ceusadh.

Ach na'n d' eirich, O ! na'n d' eirich
 Leam gu leir na Gaidheil,
 Cha chreid mi fein o neach fo'n ghrein
 Gum biodh am beud cho taireil ;
 Ciad a dh' fhairich sibh 'Chlann Domhnuill,
 Leam bu deoin sibh lamh rium,
 'S a Shiol fhuitteach mhor Mhic Leoid,
 Ciad e an sglco a shar sibh ?

Cha 'n fheuch mi tuillcadh, ged bu mhiann leam,
 Ris a chrioch a chuir mi romham,
 Tha ni-eigin na m' chridhe g' innseadh
 Nach 'eil agam tiom na cothrom ;
 Ach 's iomadh atharrachadh mor,
 Nach tuig na sloigh a tha 'n diugh maireann,
 A thig an lorg an latha dhorch' ud
 Air tir bhoidhcach, ghorm nam beanna'.

'S goirt mo dhusgadh as a bhruadar
 'S 'an robh m' inntinn uaibhreach, toileach,
 A dealbhachadh nan gloir's uam buaidhean
 A bha mi le uaill a coimhead
 Mar mheas air prcas, a g' iarraidh 'spionadh
 An uair bu mhiann leam c bhi agam,
 Agus dochas—dochas bhriagach—
 Le beul-briaghe dha mo mhcalladh.

Ach cha b' fhada 'mhair mo bhreislich
 Thainig deircadh air mo phrois-sa
 Mu'n d' fhuair mi blasad air a mheas
 A chuir mo chridh' fo theas le goraich ;
 Mar oidhche stormail, dhorch', air maduinn,
 Gun mheadhon la' gun fheasgar boidheach,
 Na mar roghadh ccalgach Earrach
 A fuar sgathadh blath nan og chrann.

Codal socrach chan fhaigh mi
 Ged tha mo chridhe steidhte
 Air an t-sheachd-n' ar a tha 'n lamh dhomh—
 'S beag mo sgath gu 'n treig iad ;
 Cha chuir airgiod mor na pris
 Aon fhear dhiu 'dh' innseadh sgeul orm—
 Theid cuimhncachan air fir mo ghraidih
 A mhan gu al nach d' eirich

'S cha 'n e lomnachd mo chluasaig,
 Na am fuachd na m' chnaimhean,
 A tha fo m' spiorad a cur gluasad
 Ach trom bhuaireadh m' ardain ;
 O ! nach math do 'n duine bhochd
 A nochd 'an codal siobhalt,
 Seach a bhi na plirionns' gun fhortan—
 Och, och, 's ann domh nach min e !

Nach truagh nach d' rugadh mi 'n Dalchreichard,
 Na 'n Dundreggan lonach,
 Ged nach biodh agam ach bothan
 'Am bun badain boidheach—
 Ann an duthaich ard nan Graindach,
 Nan cas bheann 's nan cro-choill,
 'Tir nan doire blath 's nan gleanntan,
 Tir an t-Shamhraidh oirdhearc.

Bheirinn coileach leam dhe 'n t-Sliachd,
 'Us piartag as an t-Sleibhich,
 Iasg a Moireasdain, 'us fiafhl
 A Coire-Liath nan greighinn ;
 'Us dheanain buachaileachd air blar
 Mar neach do chach mu 'n cuairt domh ;
 'S b' fhearra dhomh sin agam 's an t-shith,
 Na bhi 'mo Righ 's 'am buaireadh.

Miann an Triuir Bhraithréan a bha 'n Coire-Dhodha.

MAR GUM B' ANN AIR A RADHA RI COIMHEARSNACH LEIS AN FHEAR
BU DEIRIONNAICHE 'CHAOCAIL DIU'.

CHA 'N fhada 'charaide mo ghraidh
'S an teid mo charadh-s' anns an uir,
Tha mi fairghinn driuchd a bhais
A lnidhe 'mhan orm gu dlu ;
Tha 'n teambull thalmhaidh anns an tuiteam
Gus an duslach as an d' cirich,
'S mo shealladh air an t-shaogh'l do m' fhagail,
Mar an la' do 'n oidhche 'gcilleadh.

Ach tha aon ni 'dheanain iarruidh
Mas a triall mi 'dh' ionnsuidh aoibhneis,
'S tha duil agam nach leig thu di-chuimhn'
Air a chur air rian lc caoimhncas ;
'S ged a tha e calg-dhireach
'An aghaidh cleachdaibh tirean Criodail,
'S durachd cridh' am fradharc bais e,
'S faic am fabhar dhomh-sa deantc—

'Nuair a thig an t' am nach beo mi
'S e mo mhiann 'dhol comhl' ri m' bhraithrcan,
Ann an Clachan-Meircheard boidheach,
Far am beil na seoid 'an caradh ;
Agus m' aghaidh mar tha iàdsa,
Suas ri coire graidh ar n' oige—
Coire-Dhodha nan gorm-chnoc aluinn—
An coire cairdeach, blath-mhin, cosach.

Bu tric a shiubhail sinn an coire
'S gach gleann domhain tha mu 'n cuairt da,
An deigh nan laogh maol 's nan gobhar,
'S a mheanbh-chruidh ghreannach, odhar, luatha ;
Na 'r triuir 'an cuideachda 's a cheile,
Fuaight' an eud dhuinn fein 's da 'n aite,
Ris an robh ar cridheacha' ccangait'
Mar an eidhionn ris an ard-chraobh.

'S an uair a ghaireadh oirnn an Samhradh,
 Bu bhinn srann nan cro-choill flurach ;
 'S neoineanan ri grein a dannsa
 Feadh nan gleann, 's gach crann a lubadh
 Fo thrusgan barraich, bruchdach, fallain,
 Du'-ghorm, bagant', torrach, cubhraidh ;
 'S na h-eoin bheaga 'seinn an leadain'
 Feadh nam preasan 's mu na cul-chnuic.
 'S cha 'n iarradh sinn an staid nd fhagail,
 Mar a d' thigeadh bas a sgaoileadh
 An trianaid aoibhneach a bha sinn
 Anns a choire chairdeach, ghaolach ;
 'S o nach robh e 'n cursa naduir
 Sinn a thamh gu brath ann maireann,
 Runaich sinn bhi 'coimhead an aird' air,
 As 'ur leaba' thamh 's a chlachan.
 'S ma 's e 's gum bi ar n-anamaibh cuideachd,
 An taobh thall do 'n t-sruth neo-thalmhaidh,
 Co aig tha fios nach d' thoir iad sgriob
 A nall a ris' do 'n tir o 'n d' fhalbh iad ?
 Nach robh ar n-aithrichibh fo 'n bheachd
 'Bhi 'cluinntiun 'us a faicinn chairdcan
 Air sgeithibh neoil a tighinn air ais
 Le fuaim, le caismeachd, agus taileasg ?
 Ach co-dhiu, bidh 'n Iar-ghaoth 'seidcadh
 Sios gu reidh oirnn as a choire,
 Luchdaichte le ceol nan eun
 Do bhruachaibh scisdeach, geugach, Dhodha ;
 Agus faileadh fallain cubhraidh
 Na' mile flur, 's nan ur-phreas riomhach,
 A miosgachadh mu fheur ar n-uaighean,
 'S sinne 'm bruadar suainte sinte.
 'S bheir Moircasdain le garbh-shruth fiadhaich
 Seachad sios oirnn as a choire.
 Storm a Gheamhraidh dhe na beannta',
 'S as na gleannta' 'tha mu Dhodha ;
 'S fragraidh da thaobh na duthcha
 Do na ghaoth o fhaor nam fuar-bheann,
 'Clarsachd ceoil do mharbh 's do bheo
 Air feadh nan cro-choill 'us nan cuairteag.

Cumha Leannanachd.*

Air fonn—“ Crodh Chailein.”

CIAMAR bhios mi ach duilich,
 Fo mhulad 's fo blron,
 'S mo chuid do'n t-shaoghal dha 'chumadh
 'An cistic chumhann nam bord ?
 'S na 'm bu bheo c 's ann bhidhinn-s'
 An dingh na m' bhean og,
 Thall 'an duthaich Mhic-Phadruig—
 Gleannan ard nam beann mor.

Tha mo chridh' air a sgaineadh
 Le cradl nach gabh luaith,
 Cha tig m' oigfhearr an gaoth dhomh ;
 Cha dhruidh mo ghaoir air a shuain ;
 Ach 's leir ri fhaicinn air m' aghaidh,
 Agus preasadh mo ghruaidh,
 Gu 'n do lotadh lc gaol mi,
 S' nach bi mo shaoghal dhomh buan.

A Phadruig, a Phadruig,
 'S ann duit bha 'n dan an droch am,
 An uair a thainig thu thairis
 Gu Fothir nan allt' ;
 Cha b'e durachd do chairdean
 A lean thu 'ghraidh do na ghleann,
 'S bu ghoirt orm-sa gu 'n d' fhuaradh
 Do chorp fuar 'am bun chrann.

Dh' fhag mo spiorad 's mo chail mi,
 'S cha 'n 'eil abbachd dhomh ann,
 'S gcd a dh' fhaighinn an saoghal
 Tha thusa 'ghaoil dhomh air chall ;
 Cha dirich mi tuilleadh
 Ri mullach nam beann ;
 Chaill mi m' mhiann air a choille,
 Gach doir' agus gleann.

* Suggested by the Foyers Monument.

'S ged 'thig samhradh blath, boidheach,
 Le trusgan neoinean mu 'n cuairt,
 Cha d' thoir e aighear leis dhomb-sa ;
 Cha 'n fhag mo bhron mi cho luath ;
 Cha sheinn cubhag dhomh oran
 'S cha ghabh smeorach dhomh duan ;
 Cha 'n 'eil m' eibhneas air thalamh
 O'n 'chaidh mo leannan 'thoirt bhuam.

'S ann 'bhios mi 'shabaid 's a sheachdain
 A g' innseadh m' airsncal do n' ghaoith,
 'An so 'a m' shineadh air glas-chnoc
 Aig cladach Loch-Naois ;
 'S a coimhead a null air a ghleannan—
 'S am beil 'an codal mo ghaol—
 Gleannamoir casdain boidheach,
 Is guirne cro-choill' 'us fraoch.

Tha mi fairghinn nach fhada,
 'S am bi mi 'm luidhe 's an eug ;
 'S theid mo charadh fo 'n talamh
 Air a chreagan so fein ;
 Agns m' aghaidh gu bratha
 Ri gleann mo ghraidh agus ni' eud,
 Far am beil ann an tasgaidh
 Mo mhiann 's mo thaitneas le 'cheil'.

'S bheir Loch-Naois nan garbh-thonnaibh
 Sruth Mhoireasdain sios,
 'S luinneag gaoil air gach boinne
 Bho dhuthaich loinneil nan triath ;
 'S thig duilleach na coille
 'S flur na doire le sgial,
 Agus ceilearadh boidhcach
 A nall a cosan Chraig-Ian.

Am Bas.

THUG mi sgriob an raoir mar 's a'isd domh
 Feadh nan lagan uaigneach, fasail,
 An duil gu'n tigeadh samhl' na taileasg
 'Na mo rathad,
 Bha m' iarraidh o chionn iomadh la'
 A leait rium tachairt.

'S ged a shiubhail mi gach glaicag,
 'S 'am bu choltach dhomh tigh'nn tarluinn
 Air uamhasan gun fheoil, gun chraicionn,
 Gun sta comhdaich,
 Cha chuala mi droch fhaim 's chan fhaca
 'Mi dad chur sgleo orm.

Ach a tighinn scach clagh na sgirc,
 Leum mi thairis air an diogc,
 'S shuidh mi air clach-uaigh 'bha sinte
 Ris an talamh ;
 Gun smuain co-dhin bu bheisd na firean
 'Bha foidhe 'n codal.

Cha 'n 'eil 'an cainnt na dh' innseadh fasachd
 'S falamlachd 'us fuachd an ait' ud ;
 Cha mhor nach cluinninn feoil 'us cnaimhcan.
 A dol gu duslach—
 Bochd 'us bcairteach 'us grod-chlaraibh
 Gu leir cuideachd.

Smuainich mi na 'm b' urra' pairt diu'
 Gearan air cuid eilc lamh riu,
 Nach biodh 's na h-uaighean ach droch chairdeas
 Mar tha air thalamh—
 Neach an aghaidh neach, 'us caineadh,
 'Us fuath 'us malachd.

'Us smuainich mi na 'm b' urrainn aon fhcar
 Le cumhachd mhor mar anns an t' shaoghal,
 A chorp 's a chraicionn bochd a shaoradh
 O na chnoimheag,
 Nach beanadh dha gu siorruidh daolag
 Na maoin ghradaidh.

Chuireadh e gu 'nabaidh suarrach,
 Air nach deaeha ciste lnaithe,
 Gach cnamh 'us caitheadh as, na 'n d' fhuair e.
 'Mhiann 's a chothrom,
 Ach 's trie gur esa 's lugha uailse,
 'S is fuathaich' boladh.

Mar so mo bheachdan 'n uair a thainig
 Fuar ghaoth cadar m' fheoil 's mo ehnaimhean ;
 Dh' eirich m' fhalt na 'sheasamh 'n' airde,
 'S dh' fhailing m' anail ;
 'S chaill mi faireachadh mo mhasan,
 'S neart mo ehasan.

Suil do 'n thug mi air mo ehulthaobh
 Chunna' mi 'tighinn ball do m' ionnsuidh
 An sainhla grannda, fada, ruisgte,
 Do 'n ainm an t' aog ;
 'S cha 'n fhaighinn aig an am smid bhruidhne
 Airson an t-shaogh'il.

Cha 'n fhaca mi ri m' bheatha sealladh
 Bu lugha baigh na bha air aghaidh,
 Speal 'na 'laimh 'us gaire choireach
 Mu 'bheul a gluasad,
 'S ceann an uamhais ghrainnde 'toinneamh
 Air a ghuaillean.

Bha 'ghaoth a feadaireachd mu 'ehnaimhean,
 Mar gum b' e 'sheachnadhl a b' fhéarr le ;
 Is e a tighiunn a nall le eairdeas
 Far an robh mi,
 A g' iarraidlh faighinn suidhe lamh rium,
 Air a ehloiehe.

" Na gabh cagal ors' an t' uamhas,
 Cha chuir mis' ort dragh na tuairgne ;
 Ach tha mi eoma bho na fhuair mi
 'Nise greim ort,
 Ged a bheireadh sinn ear uair
 'An cainnt a eheile.

“ Cha d' thoir mi do neach talmhaidh sgeula
 Air na dh' fhag mi as mo dheigh,
 'S an aite dhorchas gus an teid mi
 'M beagan uine ;
 Tha 'ni sin romh gach neach e fein
 Ri thighinn dlu dha.

“ Ach bheirinn comhairle do mhoran
 Am beatha chaitheadh mar bu choir doibh,
 Gliocas 'chur 'an aite goraich'
 'S gach doigh 's an lamh iad ;
 Cha deacha' riabh do dh' aon neach ordachd
 Ach aon bheatha.

“ 'S iomadh ni a chunna mi
 O'n thainig mi an tos air tir,
 'S na'm biodh agam buige cridh'
 Bu bheag mo sholas ;
 Ach cha tig e dhomh-sa 'bhi
 Do nadur teo-chri'ch.

“ Cha 'n ioghnadh ged nach toil le sluagh mi,
 'S tric a dh' fhag mi dachaidh gruamach ;
 A' measg nan iosal 'us nan uasal
 'S c mo dhriachd-sa,
 Air an talamh 's air a chnan,
 A bhi dha 'n iarruidh.

“ Thcid mi cadar athair 's mathair,
 Theid mi cadar piuthair 's brathair,
 Cuiridh mi sgaoilcadh ann an cairdcas
 'N nair is trcas e,
 Fagaidh mi dubh, dorcha, fardaich,
 'S ann am breislich.

“ 'S an uair a bhios an t' oigfhear aoibhneach
 Ann an gaol 's 'an gradh a mhaighdinn'
 Feadh nan cnocan beag 's nan coilltean
 A tional dhithean,
 Bheir mi 'neach dhiu' leam gun fhoighneachd
 A' nc 'n tiom-s' e.

“ Cha b' ann aon uair air stol-posaidh
 'Chaidh mi eadar fear 'us oighe,
 'S a dh' fhag mi eridhe dilis bronach
 Re a latha ;
 'S cha chum airgiod mi na or
 Dhc ecum mo rathaid.

“ 'S an uair nach cuireadh ni air thalamh
 Eadar mathair 'us a lcanabh,
 Bheir mise bhuaith' e ann a' meanaid
 'N uair is deoin leam ;
 'S cha 'n cisd mi ri a glaodh na 'gal-ghuth,
 'S cha ruig a deoir mi.

“ 'S thig mi uaircan air an t' shal
 Air fear 's a chridhe 'm bean a ghraidh,
 'S cuiridh mi air an sid mo lamh,
 Gun fiu 'n cothrom
 A thoirt dha a bhcannachd fhagail
 Aig na 's toil lcis.

“ Is caraid dilis mi do 'n truaghan
 A tha gu siorruidh air a chuairteach'd
 Le bochdainean, 's nach fhaigh air uaircan
 Na chumas anam
 Agus corp ri 'cheile fuaithe
 Ach a dh' aindcoinn.

“ Ach an dao, ged bhiodh a shaoghal
 Gu leir na 'dheanadh slaint' 'us maoin e,
 Cha mhor nach truasaich mis' ri 'chraosail
 Fo sgait mo bhinn-sa ;
 O ! staid a chridh' 's an am na 'm faoduinns'
 A leait sin innseadh.”

“ Eirigh gniomharau a bheatha
 Mar spioraid ifrinneach 'thoirt bréth air,
 'Us slatan peanasaichidh teth
 'Na 'n lamhan caola ;
 'Us geur Fhein-dhitcadh 'cuir air leth
 Diol-dhleasd' gach aon diu'.”

“ ‘Se mo ghnothuch-sa ’bhi ’buain
 Na chuireas Dia air talamh ’s cuan ;
 ’S ann agam-s’ a bha ’s a bhios sluagh
 An uile dhomhain ;
 ’S cha deacha moran fhathasd bhuam
 Dhe ’n chuir mi romham.

“ Cuiridh mi comain uair ’us uair
 Co dhiu air feedhainn bhochda, thruagh,
 ’N uair a bheir mi leam fear cruidh
 Nach bi ri ceartas,
 ’S a sgaoileas mi air feedh an t’ sluaigh
 A chuid ri ’sgapadh ;

“ ’S uairean eil’ air paidhir phosda
 Nach bi ’tarruinn mar is coir doibh,
 ’N uair a bhios an cridheacha’ leointe
 ’N taic’ a cheile,
 Bheir mi neach is fhearr dhiu ’chomhnuidh
 Fo mo sgeithe.

“ Cha ’n ’eil fhios ’m fhin an reusan,
 Ach ’s mi crioch a Chruime-Che mi—
 ’S bidh mi na mo mhortair dreunach
 Air gach beatha ;
 Mar a bha, a tha, ’s a dh fheumas
 A bhith air talamh.

“ Ach beannachd leatsa ’n drasd’ a sheoid,
 Tha mise cabhagach an comhnuidh ;
 Feumaidh mi bhi falbh air toir
 Mo ghnothuch ’s m’ ionndrainn ;
 Ach thig mi fhathasd ’na do choir-sa,
 ’S bheir mi leam thu.”

An Guthan Beag.

THOIR leam gu 'm faca mi 'm bruadar
 Gu 'n robh mi air chuairt ann am fasach ;
 Leam fhin air rathadan cuagach,
 'S mo sholus gu luath do m' fhagail.

Thog mi mo shuil ris na neamhan,
 Thionndain mi 'null 's a nall ;
 Dh' eigh mi gu h-ard, "C'ait am beil mi ?"
 'S thubhairt guthan beag riум—“Air chall.”

“‘M bheil mise na m' dhuine le anam,
 Gun cheum, gun rathad, gun reult ?”

“Tha thusa na d' dhuine le anam
 Is truaighe na 's aithne dhuit fein.”

“Nach 'eil agam comas 'us cumhachd ?
 Nach bruidhinn 's nach tuig mi cainnt ?”

“Na cuir uaill a dhuin' a' do chumhachd,
 'S cha'n fhiach dhuit 'bhi bruidhinn mu d' chainnt.”

“Nach glac mi a ghaoth anns an adhar ?
 Nach siubhail mi talamh 'us cuan ?”

“Ach cuine 'dheanadh tu gaoth na adhar ?
 Cuine dhcanadh tu talamh na cuan ?”

“Nach cuir mi mu 'n cuairt do 'n t-shaoghal
 Is luaithe na 'ghaoth mo smuain ?”

“Tha 'ni sin farasda, saor dhuit—
 Ach cuine dheanadh tu saoghal na smuain ?”

“Nach d' thoir mi a bu 'aitibh 'n talmhainn,
 Or agus airgiod gu 'm fheum ?”

“Cha 'n 'eil agad ach iosad neo-earbsach,
 'N cumadh tusa na talmhainn ri cheil' ?”

“ ‘S nach d’ thoir mi a ri’sd as an talamh
Tein’ agus sclus gu ’m thoil ?”

“ ‘S ann tha d’ theinc ’s do sholus ’s na neamhan,
Cha ’n fhearr an talamh na spor.”

“ Nach treogh mi ? nach cuir mi ? ’s nach buain mi ?
Nach ’eil agam buaidhean ’us cothrom ?”

“ Cha bheothaich thu ’n grainean ’s cha għluais thu,
A bhliadhna mu ’n cuairt mar bu toil leat.”

“ Nach do leugh mi eachdraidh nan creigean ?
’S nach d’ rinn mi creidimh dhomh fein ?”

“ Cha do chuir thu ’s a cheile na creigean,
’S cha ’n ’eil na do chreidimh-s’ ach sgeul.”

Aithreachas Posaidh.

Air fonn—“ Fiunairidh.”

CHA b' ann le toil mo chairdean gaoil,
 A leig mi riambh thu ri mo thaobh ;
 'S is iomadh uair a phaigh mi daor
 Air meud mo chaoich 'nuair ghabh mi thu,

Oichan, obhan, agus O !
 Obhan, oichan, agus O !
 Oichan, horo, 's na ho-rionn O !
 Gur trom an leon an t-aithreachas.

Dh' inns iad uilcadh dhomh-sa trath
 Nach robh annad-s' ach an trail ;
 Ach thug mi dhuit mo chridh' 's mo lamh—
 Bha sid an dan domh 's thachair e.

Cha b' e t-aghaidh phreasach, fhuar,
 Na do nadur choirbte, chruaidh,
 A thug misc 'thaobh cho luath,
 Ach oige 's bruadar amaideach.

Tha do phaisdean air mo ghlun
 'S cha mhor nach b'fhcarr leam e 's an uir ;
 Tha neul a bhais mu thrath na 'ghnus,
 'S cha dhuisg e 'shuil a cadal dhomh.

Sinn an so le 'cheile truagh
 A fulang acras agus fuachd ;
 'S tusa 'cur 'an sruth na cuaiach
 Na chumadh suas an dachaидh dhuinn.

Cha b' e sin do ghealladh dhomh-s',
 An uair a thug thu leat mi posd' ;
 Ach 's maирg a chreideadh eud na h-oig,
 'S nach 'eil ach sglco nco-mhaircannach.

Posadh na h-Oige 's na h-Aois.

Air Seann Fhonn.

CHA b' ann le m' dheoin a phos mi riamh
 Fear liath nan iomadh cuiue,
 B' fhearr leam agam fhin mo shaorsa
 'N diugh na saoghal dubailt'.

Dh' fhalbh mi le na lubau laghach,
 Dh' fhalbh mi le na luban ;
 Na luban, na luban laghach,
 Bu roghainn leam na luban.

Ged 'tha pailteas chrodh 'us chaoraich,
 'S fearann saor mu 'n cuairt domh,
 B' fhearr leam Tearlach og ri m' thaobh
 Na h-uile maoin a fhuar mi.

'Nuair a chuimhnichneas mi 'n drasda
 Mar a bha mi's m' oigfhear,
 Cha bheag an t-eallach orm, 's an cradh,
 Nach eil mo ghradh riùm posda.

Na 'm b' e 'cheum a bhiodh na m' chluais,
 A dol mu 'n cuairt do 'n fhardaich,
 B' eibhinn, aighearrach, mo dhuan,
 Ged 'bhithinn truagh le m' chairdean.

Na 'm b'e meal-shuilean mo ghaoil
 A bhiodh a taomadh graidh orm,
 'S mi nach cumadh grian na gaoth
 O 'bhi a chaoidh 'na lathair.

'S na 'm b'e bilean tana, boidheach
 Gaidheal og mo runachd
 A bhiodh am oidhche dha mo plogadh,
 Leam bu deoiu bhi dlu ris.

Ach 's beag mo chail-sa dha bhi beo,
 'S e 'dhol fo 'n fhod bu mhiann leam,
 O nach fhaod mi 'dhol 'an coir
 An fhleasgaich oig a dh' iarr mi.

Failte Phadruig Grannda do Gleanna= moireasdain, 1881.

'S i an naigheachd so 'fhuair
 Mi air mochthra Dhiluain a mhan,
 A thog m' intinn o ghruaim,
 'S a chuir m' aire 's an uair-s' ri dan—
 Maighistir Padruig nam buadh
 A bhi 'fuireach air chuairt gu h-ard,
 'An Gleannmoireasdain shuas,
 Far 'm bu dligheach da 'shluagh 'bhi 'tamh..

A leoghaim mhisneachail, ghairg,
 Tha gu cumaira, dealbhach, treun ;
 'S e do bheatha gu dearbh
 Gu duthaich do gharbh-bheann fein ;
 'S tha deadh fhios gum bi thu
 Na d' chaisteal, na d' thur, 's na d' steidh,
 A cumail taice ri d' shluagh
 Anns gach glais agus cruaidh-chas geur.

Tha thu macanta, suaire',
 Caoimhneil, tairis, ciuin, stuama, reidh ;
 'S mor 'tha 'thapadh riut fuaight',
 Agus sgairteachd 'us cruas da reir ;
 'S a ghreis a bha thu dhe d' thiom
 A mach anns na h-Innsean cein,
 'S tric a choisinn thu buaidh,
 'S a chuir thu air sluagh ratrcud.

'N uair a rainig thu shuas
 Bu bhinn aighear an t-sluaigh 's gach cearn.
 'S iad a' tighinn gu luath
 Ann ad choinneamh le uaill 'us gradh,
 A dh' fhaotainn seallaidh car uair
 Dhe gach onair 'us buaidh tha 'thamh
 Na d' aghaidh fhlathasach, choir,
 Chaomh, leac-ruiteach, rosach, lan.

'S grinn a chaithcas tu d' uin'
 Fhad 's a bhios tu 'an cuirt uan sleibh—
 Greis a g' iasgach air burn
 'S greis a g' iadhadh mu chul an fheidh ;
 Greis a siubhal mu 'n cuairt
 A coimhead an t-sluaigh na 'm feum,
 'S greis a g' eisdceachd ri ccol
 'An Ruith Mhaothaidh nan cos 's nan geug.

Gleannamoireasdain a' measg a Shluaigh.

ORAN, MAR GUM B' ANN LE MACTALLA CHRAIG-EUN.

Air fonn—“ Tigh Mor Choire-Mhonaidh.”

LEAM-SA 's aighearach na m' chluais
 An diugh an fhuaim 'tha uras ud,
 Leum mo chridhe 'nuair a chuala mi
 Sgal chruaidh nan ribheidcan,
 A seinn air Caisdeal mor Mhic Phadruig,
 Far am b' abh'st do 'n chluith a bhi,
 Mun d' fhalbh Fionnladh coir 's na suinn
 A gheibhте cruinn ann cuide ris.

Ach 's e Seumas og 's a cheil'
 'S an tuath fein 'bhi cuideachd ann,
 A għluais cridheachan gu lcir,
 Gu aighear, seisid, 'us subhachas ;
 Mar thus an t-shamhraidih 'measg nan craobh,
 An diugh tha aoidh a churaidh ud,
 Air ccann a shluaigh 'an dachaidd 'shinnsridh—
 Luchd nam pios 's nam buidealan.

Bha fadachd ormsa iomadh la
 'S am faicinn al na teaghlaich ud,
 A lorgachadh mu 'n Chaisdeal ard,
 'S am faighte 'n grahh 's an greadhnachas ;

Cha b' ionnan 's coigrieli nan geur tair—
 Mac Phadruig a bhi teann oirnn,
 'S e 'sheorsa 'sheasadhbh sinn 'an cas,
 'S a reachadh dan 'an geall oirnn.

Ach a Sheumais oig, mo ruin,
 Rinn mise surd da rireadh riut,
 'S fhada, 's fhada 'bha mo dhuil riut
 Air an tur 'tha dilis dhuit ;
 'S 'siomadh ni 'tha na mo ehuimbhe
 'Dheanain luim air iimseadh dhuit,
 A chuireadh prois ort ri do bheo
 A gniomharaibh mor do shinnsreadh.

'S fhad' o 'n thainig deagh Iain Mor,
 An tus a choir a ghlinne so,
 B' e 'cheud chraobh e ann an garadh
 A thug barr air iomadh te ;
 'S Iain-a-Chreagain, fear mo ghraidh,
 'S na Padruigean a bhuiteadh dhuit—
 Tha 'n ainm gu leor gus na tha beo
 A dheanamh proseil uileadh asd'.

Tha gach ni mu 'n deidhinn sgriobht'
 Air cridhcachaibh dilis, treibhdhireach,
 'S fhad' 's a shcidcas gaoth feadh ghlinn,
 Bidh cuimhn' air suinn an eireachdais—
 Granndaich ainmeil, daoine calma,
 Leis nach d' fhalbh an leibeideas,
 'S a dheanadh cairdeas ri gach aon—
 'S e sliochd nan laoch nach beag oirnn.

An diugh tha 'n Caisdeal leamsa ri'sd,
 Mar bha e 'n tiom nan seanairean—
 Ceol na pioba 's fuaim nam pios
 Ri clarsachd bhinn feadh 'bhallaichean ;
 'S Seumas og 's a cheile choir,
 Mar reultan oirdcarr, geal-mhaiseach,
 A gathadh aoidhcachd air gaeil taobh,
 'S a deanamh dhaoine aighearach.

Mar Chuimhneachan air Tighearna Ghrannnd —1881.

Air fonn—“ Sochdair Dhanachd na h-Alba.”

CIAMAR bhios sinn ach craiteach
 Fo mhulad, fo chradhlot, 's fo bhron,
 'S a naigheachd so 'thainig
 Oirnn a Cuilean, an t-Ard-thalla mor ?—
 Gu'n do chaochail an Gaidhcal
 Tighearna Ghranna, do 'm b'abhaist 'bhi coir,
 Mu'n robh e ach cigueach
 Aig airde a threundais 's a threoir.

Thriall an t-urramach uasal,
 'S dh'fhag e sinne gu truagh as a dheigh,
 Ri cumha 's ri cruidh-ghlaodh,
 A caoidh gu'n do bhuadhaieh an t-Eug ;
 'S gu'n d'thug c air falbh 'uainn,
 A' neach bu mhath leinn gu dearbh againn fein,
 Gu 'bhi 'caitheadh 'na'r fabhar,
 A thuigsc, a chairdeas, 's a cheill.

Dh'fhag e 'bhantighearna bronach,
 'S a mhac, an t-iarl' og, air a lot,
 'S dh'fhag e iomadh bun griasach
 Gu tur air a lionadh le sprochd ;
 Dh'fhagadh iomadh neach tursach,
 Air am b'a'isd da 'bhi suilcach mar bhochd,
 An uair a thugadh air falbh 'uainn
 An curaiddh curanta, calma, gun lochd.

Ach co a stadas an gairdean
 A bheir leis a ni 's stcidhichte 'th 'ann,
 Na co a clumas air ais e,
 'Nuair a thig e le brasfrios a thall ?
 Cha chum onair na morachd,
 Cha chum ailleas, na coir air gach gleann,
 Aon air bith dhe 'n a cheum ud ;
 Tha sinn uilc' gu leir 'tighinn gu ceann.

Mar Cheann-cinnidh nan Granndach,
 'S tric a bha e 'an cainnt aig na baird,
 'S bha a ghniomhara ainmeil
 Aig gach aon do na seanachaидh ri 'la ;
 'S bha a chairdeas da 'thuath fein
 Gu tric air a luaidh anns gach ait—
 'S mar bha 'mhaitheas 's a chaoimhneas
 Do gach aon diu' a baoisgeadh a ghnath.

B'esan caraid nan Gaidheal,
 A sheasadh iad laidir 's gach ni ;
 'S deagh charaid na Gailig,
 'S nan coinneamh 'tha fabharach dhi ;
 'S tric a chuir e air ghluasad
 Nithe feumail do shluagh a mhor thir,
 'S cha'n fhacas riamh e ri eigneach
 Gu'n laimh dheiseil na dcirc' aige sint'.

Bha a thalannta lionmhor,
 'S cha'n urra' mi 'n trian chur 'an ceil ;
 Ni mo a's urra' mi 'ghniomhara'
 A thoirt fainear ann ar rian le a' mcud.
 Bheir mi 'chuis mar sin thairis,
 O'n 'tha fhios gu ro mhath agam fein
 Nach teid am feasd as ar cuimline
 Na laraich a rinn c 'n ar 'n eud.

Na Laithibh 'Dh' Fhalbh.

BHA cridheachabh dhaoine 'reir an aoidh
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh,
 Cha robh ceilg air cul gach caoin
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh ;
 Chluinnte 'n fhirinn uair na uair,
 Gheibhte caoimhneas mar bu dual,
 Agus gradh a' measg an t-sluaigh
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh.

Ged bha tioman duilich, cruaidh,
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh,
 Cha robh ncach do neach 'am fuath,
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh ;
 Bha aca faireachadh do 'cheil'
 Ann an trioblaid 's ann an eis ;
 Ghuileadh cridheachabh 's shileadh deuir,
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh.

Cha b'ann a g'itheadh 'cheile suas—
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh,
 Mar eisg na fairge 'bhiodh an sluagh
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh ;
 Cha robh 'n darna neach a tamh,
 'S am biodh a bhrathair air a shail,
 Gu àm a ghabhail air a chas,
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh.

Gheibhte bean gu farasd' fior,
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh,
 Cha robh a cridh' cho saor ri sgial,
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh ;
 Reachadh i a reir a h-eud,
 'S sheasadhbh i a duine fein,
 Gu direach daingcann, dilis, treun,
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh.

Bha gaol siorruidh aig nà daoin',
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh,
 Do 'n cuid cloinne 's do 'n cuid mnaoi,
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh ;
 An ardach bha 'na teambull naomh,
 'S gach cridhe ri dleasdanas as a taobh,
 A g' iobairt suas gu leir mar aon,
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh.

Cha b' e airgiod a bu Dia,
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh,
 Ach ard phearsa mor na Triath,
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh ;
 Cha robh cogaisean cho saor,
 Na co-fhulangeas cho maol ;
 Cha b' e pocaid neach a shaogh'l
 Anns na laithibh 'dh' fhalbh.

**Do na h-Uaislean a bh' aig Dinneir Communn
Gaelig, Inbhirnis, 1882.**

So i slainte nan Gaidheal—

Na 'n sonn blath-chridheach, fialaidh,
Guidhcam sonas 'us taitneas
Do gach neach dhiubh gu siorruidh,
Guidheam ailleas 'us pailteas,
Guidhcam tlachd agus rian dhoibh,
Airson an onair a tha iad
'Cur air a Ghaelg gach bliadhna.

'S a Ghaidheal do 'm b'abhaist
Anns gach blar a bhi buadhach,
Na leigibh fodha a Ghaelg,
Gu brath cumaibh suas i ;
'S biodh mar chuimhneachan agaibh
Air 'ur n' aithrichean uasal,
An canan a bh'aca
Ri taice a chruadail.

Biodh a chainnt anns an d'eigheadh
Buaidh air Caesar na Roimhe,
'S cis air saighdearan Shasuinn,
Ann an glaic gach cridhe 'chomhnuidh ;
A chainnt is cairdiche dhuinne,
A chainnt is sine 's is ceolmor,
A chainnt eireachdail, chiuin-bhog,
Bu choir ionnsachadh og dhuinn.

Ma bhceir mi suil ann an Eachdraidh
Greis air ais ann am bliadhnaibh,
Gheibh mi spiorad na cainnt so
Cruaidh shnaimt' anns na briathraibh ;
'S a cur fallaineachd neonach
Anns gach scorsa do sgriobhadh,
Nach 'eil an cainut 'th'air an talamh,
Ged a rachamaid sios orr'.

'S cainnt fhreagarrach, thaitneach,
 Ro bhlasmhor a Ghaelig ;
 'S cainnt mhin-bhog, ro-mhaiseach,
 'S cainnt thais agus bhlath i ;
 'S cainnt chothromach, thlusmhор,
 Fior uchd-liontach, chairdeach,
 A chainnt bhrisg-ghlorach bheairteach,
 A bhios ac' ann am Parras.

Tha mo chridhe a taomhadh
 Le gaol tha gun chrioch dhi,
 'S e mo mhiann ,us mo thoil-sa
 A bhi ga moladh gu siorruidh ;
 Ach tha mo chridhe a g'aomadh,
 Cha 'n ann le aois, ach le pianadh,
 O'n a dh' fheumas mi innseadh
 Gum beil i rireadh ro ional.

**Do na h-Uaislean a Shuidh aig Dinneir
Comunn Gaelig Inbhirnis, 1886.**

So i slainte na'm fior Ghaidheal,
 Chridheil, pbairteach, chairdeach, fhialaidh,
 Na laoich 'tha cumail suas na Gaelig
 Anns an aite so gach bliadhna ;
 Guidheam sonas dhoibh 'us abhachd,
 Muirn 'us manran gus an crioch iad,
 Airson an duincelas do n' chanan
 'Bh'aig na parantan o 'n' shiol sinn.

'S fbiach a Ghaelig ar deagh chanan,
 Gach ni is ailidh' 'chur 'na h-aobhar,
 Oir tha i maiseach, tlachdmhor, aluinn,
 Gun mheang, gun bhcarn' iunt' ri 'leughadh ;
 Gun chron, gun chioram, gun fhailing,
 Comhliont' grasmhor, fasor, gleusda,
 Brisg-ghlorach, neo-liodach, laidir,
 Sultmhор, lan, gun chas, gun deibhinn.

Mu'n robh Albainn ach 'na 'paisde
 'S ann an Gaelig a chaideh 'h-cideadh,
 'S innsidh eachdraidh mar a dh'fhas i
 Gu 'bhi aluinn a' measg cheudan ;
 'S gu bbi ann an tiom 'na 'mathair
 Do na h-armuinn a bha trcunda,
 Choisneadh buaidh le cruas an lamhan
 Ann's gach aite 's am biodh feum doibh.

'S cia lion rioghachd fo na ghrein
 'S am beil an ceumanaibh ri 'm factuinn !
 Linn 'us linn duibb mar bha g' eiridh—
 'S a bha 'feuchainn an cuid daoine ;
 Le 'n lannan geura, guineach, reubach,
 'Bualadh bheumaibh air gach taobh dhiubh
 'Chumail ceartais suas le eibheachd
 'S a chur eucair as an t-shaoghal.

'S cia lion buaireadh agus cruadal
 Troimh 'n do ghluais na cruaidh-fhir mhora,
 Mu'n do shaor iad Tir na'm Buadh,
 O ardan agus uaill luchd fairneairt !
 'S cia lion baiteal fuitteach, creuchdach,
 Ann an guaillaibh 'cheile comhla,
 'Sheas na fearaibh troma, treubhach,
 Riamh an aobhar Dhe 's na corach !

 'S buaidh na Gaelig riamh cha d'fhag iad--
 Gradh nadurrach do 'cheile—
 Buan chairdeas, daingean, laidir,
 Do 'n sior' bhraithreachadh 's gach eiginn ;
 Mar ghrian gach la dhoibh orra 'dearsadh,
 'S le caoin bhlaths a g'arach treundais,
 Do'n gnath neartachadli 's gach cas,
 'S do'n toir gu sabhailt' as gach deuchainn.

Do Dhochas.

A DHOCHAIS, a bhanacharaid ghaoil,
 O ! fuirich ri m' thaobh 's mi trom ;
 Na fag mi 'n so 'm luidhc fo chlaoidh,
 Gun chomas air faotuinn bonn.

O ! sin a mach dhomh do lamh,
 'Us cabhair mi 'n airdc ri'sd ;
 Tha mo chridh' agus m' anam a' 'n ait'—
 'S mor m' fheagal nach caraich mi.

O ! seid orm anail do bhcul,
 Cuir beatha 'na m' chre 's mi fann ;
 O ! bcan do mo shuilean le d' mheur,
 Cuir neart na mo cheum mar bh'ann.

Cait' an deacha mo spiorad 'us m' fheum ?
 An d' fhalbh iad gu leir 's gu tur ?
 O ! cluinneam-sa facal bhuat fein—
 'S e 'thiormaichcadh deuir mo ghuil.

Ged is faoin bhriadhtran bruadair do chainnt
 Tha do ghealladh mar lamb do m' cheum ;
 Ged nach 'eil ach a sgailc na d' laimh
 Bu tric a dh' fhuasgail i teanndachd gheur.

Bu tric a shoillearaich dealradh do ghnuis
 Na neoil dhubhorra, dhuinte, ghrannd' ;
 Mar a ghrian a caithcadh gu 'chul
 An ceo a luidhcas air stuic nan aird.

Bu tric a thug thu dhomh iasad air àgh,
 'N uair a bha mi fo chràdh-lot goirt ;
 Bu tric a nuadhaich thu m' anam lc blaths,
 'S e fo fhuarachd a bhais 'na m' chorpa.

O ! thig, O ! aingeil lc d' ghair',
 Sgaoil an dorchadas grannda so bhuan ;
 Cum suidhichte m' inutinn an drasd',
 'S iomadh ni dha mo chradh gu cruidh.

Tha mi 'n crochadh air gealladh do bheuil,
 Mar neach bhiodh air sgeir 'an craig—
 A chailleadh a bheatha le 'ghrcim,—
 Gabh truas a bhann-De ri m' staid.

Olam beatha as ur a' do chioch,
 'S glacamaid rian o d' chainnt ;
 Mar mhathair a paisdean crion
 Gabh mi 'bhann-Dia air laimh.

Oran Mulaid.

Air seann fhonn.

'S TRUAGH nach robh agam caraid
 A dheanadh farraid mu 'm dheidhinn,
 Air faillirinn, illirinn, e-ho-ro, illirinn ;
 Uillirinn, illirinn, éilc.

'S mi gu goirt air mo thabunn,
 'S annam saighead nach treig mi.

Tha mo chridhe mar an guaillean,
 'S tha mo ghruaidh mar an citeag.

Cha bhruadar 's cha smuaintcan ;
 Cha chruaidh-chas 's cha dheuchainn,

Ach trom mhulad a leon mi,
 Air dhoigh nach gabh leirsinn.

S' truagh nach robh mi da rircadh
 Ceudan mile bho m' eudail.

'S bochd 'bhi tachairt a ghaoil ort,
 'S nach fhaod mi 'bhi reidh riut.

'S nach fhaigh mi fiu pog bhuat,
 'S m' fhuil beo le trom eud dhiut.

Cha mhor nach iarruinn mo shuilean
 A dhunadh gu leir orm.

'S mo chuimhne 'dhol thairis
 Ann an cadal 's gun ciridh.

Bu tric a shaoil mi O ! lcannain
 Gu 'm biadh tu agam mar cheilc.

Ach thug an saogh'l a ghaoil 'uam thu,
 'S dh' fhagadh truagh mi an dcidh ort.

Cumha na h-Ighnaig.

Air seann fhonn.

CHA 'n 'eil m' ardach dhomh ach falamh,
 'S nach d' thig m' fhearaibh 'nochd na m' choir.
 E-ho-ri-o-raill, o !
 Hi-ri-ri-o-raill-o !
 E-ho-ri-o-raill-o.

'S fhada 'bhios 'na m' chuimhne n' osag,
 'Dh' fhag cho goirt mo chridhe og.

A chuir m' athair 'us mo bhraithean
 Anns an t-shal 'us mis' 'am bron.

'S gnn iad sinte ri mo mhathair,
 Far am b' fhearr leam iad ach beo.

Cha 'n ioghnadh mi 'bhi trom, neoshnndach,
 Agus ionndrainn orm cho mor.

Tha mo lios a nis' gun mhiosan,
 'S tha mo phris gun orra cno.

Tha mo ghrian an deigh aomadh,
 'S tha mo shaoghal ann an ceo.

Tha 'n crodh 'geumnaich air na raointcan,
 'S mis' gun daoine 'theid na 'n coir.


Focail Ghailig do 'n Fhonn “Under the Willow.”

Fo dhubhar na' meangan fo 'n uir 's a chill,
 Dh' fhag mi m' fhear min-gheal 'na luidhe ;
 'S ged reachuinn do 'ionnsuidh cha chluinn c mi,
 Tha m' eudail aig sith 'na chadal.

Dh' fhag, dh' fhag mi m' oigfhearr graidh
 An garadh na' marbh 's e 'na chadal—
 Dh' fhag, dh' fhag mi m' ghaol fo 'n fhail,
 'S cha tig c gu brath do 'm fharraid.

'S ged dheireas a ghrian air an og-mhios bhlath,
 'Toirt slaint' agus fas air an fhliúir ;
 Cha teid thusa leam-sa a ghaoil mar b' a'isd—
 A chaitheadh an la feadh nan lusan.

'S ged 'sheinneas am fheasgar a mhin-ghaoth chiuin,
 Cha chluinn thu a ruin a guth milis ;
 Na ceol nan eun beaga feadh ghorm-phreas dlu,
 Far 'm bu tric a bha thu 'us mise.



Do 'n t-Shiataig.

Air fonn—“ Air faillirinn, &c.”

MILE molachd gu siorruidh
 Thair gach ni air an t-shiataig ;
 Si a chrup mi 's a chrion mi,
 'S a phian mi le cradh.

Oich, O ! rionnan-hou,
 Hithill-ou-gu-bha—
 Oich, O ! rionnan-hou—
 Hithill-o 's na-ho-rou---
 Oich, O ! rionnan-hou—
 Hithill-ou-gu-bha.

Dha mo namhad cha 'n iaruinn
 Ni bu mhiosa na mios dhi ;
 Ach chuala mi riabh
 Gu 'n robh an diabh'll innte—'s tha..

'S ann mu thoisearch na Marta
 'Ghabh i greim dhe mo chnaimhean ;
 'S mar a biodh iad laidir
 'S ann a sgineadh i iàd.

Mar gum bithtc dha 'm phronnad
 Na bu mhine na connadh ;
 'S mo smear-chaillich dha 'tolladh
 Le obair na plaigh'.

Chaill mo shailean an craicionn,
 'S tha mo mhasan mar leacan ;
 'S mo ghuaillean air plcatadh,
 'S sgios na leaba dha m' chradh.

Tha mo chasan gun fheum dhomh,
'S mo lamhan gun eibheachd ;
'S cha chuircadh na h-eibhlean
Air an seideadh orm blaths.

Cha 'n fhaod mi blasad air drama,
Ged a ruigeadh e m' anam—
Ni ach stuthannaibh sleamhuinn,
Slaodach, slamhanach, grann'd'.

Agus Doctair ga m' bhiathadh
Le deochanaibh fiadhaich—
Theirig eadar mi, 'Dhia,
S a bhi cho iosal gu brath.

Apologia pro Aqua-Vitæ.

LATHA flichneach, feadrach, fuar,
 A bha mi 'mach a' measg an t-sluaigh,
 Co 'thachair orm 'an cuileag uaigneach,
 'N am tigh'nn dachaидh,
 Ach fear mo ghraيدh—an sar dhuin'-uasal—
 Mac-na-Bracha.

Chuir e beatha 's blaths na m' anam
 A thig'nn 's an am an coir mo charaid ;
 'S mu'n ceart a rinn e m' lamh a chrathadh
 Uair no dha,
 Bha sinn ann an cncacas tairis
 Mar a b' a'isd.

Dh' inns' sinn mile ni dha 'cheile
 Mar luchd gaoil an tus an cibhnis ;
 Ach O ! na briathraibh briagha 'dh' eisd mi
 O 'n fhear mheanblhnach,
 Co a chuireadh ach e fein
 An ceil a sheanachas ?

" Cha 'n 'eil e ceart," ors' eis', " a raite,
 Gur a namhad mi 'shliochd Adhamh ;
 Cha 'n fhiach na h-abluich 'bhios dha m' chaineadh
 Feairt thoirt crra ;
 Cha bheag air cuid dhiubh fein mo chairdeas
 'N uair gheabh iad cothrom.

" Cha d' rinneadh riabh ni 'dholaidh dhomhsa
 Le glagaduich gun bhri nam broinn ud ;
 Cha 'n 'eil na truaghain ach gu gorach
 A leigeil fhaicinn,
 Fuachd an cridheacha', 's lughad an eolais
 Air daoine peacach.

“ Na ’m b’ aithne dhoibh an còr mu ’n t-saoghal,
 ’S mu shuidheachdh ’us cor chlann-daoine,
 Chumadh iad an teangaibh faoine
 Aig sith na ’m beoil ;
 Ach ’s toigh le cuid do shluadh bhi ’glaodhaich
 ’S an cluinnt’ an gloir.

“ Tha mo chairdean-sa gu lionmhor ;
 ’S ged a bhiodh ac’ uaireau iarruidh
 Air mo chur fo choirc ’s dioladh
 Airson gach truaighc,
 Cha ’n fhad ’s am faic mi iad le fiamhachd
 A rithisd mu ’n cuairt dhomh.

“ Le cho ro mhath is a tha mi
 Do ’n a chridhe chiurte, chraiteach,
 Theidear mar is tric ro dhan orm—
 Ach co is coireach ?
 Coma leinn dha sin an drasda—
 Tha ’n saoghal foilleil.

“ Bu choir a thuigsinn gur e deirceachd,
 ’Us anmhuinneachd chlann-daoine fein,
 A thug na m’ lamhan-sa ’n trom ghem
 A nis a th’ agam—
 Nach ’eil iad auns gach cas ’us feum
 A leum air m’ amhaich-s’ ?

“ ’S an uair a bhios an cridhe ’sgaineadh
 Le mulaid agus deuchnaibh saraicht’,
 Nach buidhe leis e fein a bhathadh,
 Rc cuairt na mionaid,
 Ann an aon ni a bheir samhchair
 Beag air bith dha ?

“ ’S a rith’sd ’nuair bhios an corp dha ’phianadh
 Le tinn ’us trioblaidean, ’us fiabhruis ;
 An iognadh ged a bhiodh aig’ iarruaidh
 Air faothachadh cradhaidh ;
 Na ’m biodh aon ni fo ’n a ghrian
 A bheireadh dha sin ?

“ Na ’n robh aig a chinne-dhaoine
 Na dh’ fheumadh iad gu leir’s an t-saoghal,
 Cha mhiannaicheadh iad dram na daorach ;
 Ach fhad ’s nach d’ thoirear
 Ach beagan maith a moran saothair
 Bidh claonadh orra.

“Gu de ni duine bochd na truaighe,
 Le iarrtusean o’s cionn a bhuidhean,
 ’An saoghal dorcha sios ’us suas
 Am buaireadh daonnan,
 Ach a thoirt a bog ’us cruidh
 A chuid mar dh’ fhaodas ?

“Nach iomadh ni tha deodhal’s a trathadh
 Dearngh fhuil-chridhe ’neach is fhucarr dheth ?
 Co aig nach ’eil sgeula craiteach
 Air bith ri innseadh ?
 O ! dhuine’s miosa d’ staid na d’ nadur
 Na ’n tuigte ’n fhirinn.

“Ach bidh misc truasmhor, caoimhneil,
 Ri clann daoin’ a la ’s a dh’ oidhche ;
 Theid mi gu binn-ghlorach, loinneil,
 Gun fhoill na’ measg—
 Dha ’misneachadh a ghnath’s dha ’m faighncachd
 Gach uair is mios’.

“Theid mi gu suilbhreach ’s gu tlachdmhor
 Gus gach posadh agus baisteadh ;
 ’S gluaisidh mi cridheachan nan gaisgeach,
 ’S na’ maighdeann bhoidheach,
 Gu toil-inntinn agus taitneas
 Fhad ’s is beo iad.

“ ’S far am bi am bas a taghal
 Bidh mi lc mo bhlaths’ a cabhair ;
 ’S buidhc le neach an gras is lugha
 Ri am mulaid—
 ’S ann’s tric a ni luchd tuiridh roghainn
 Dhiom-s’ thair uile.

“ ’S gheabhair mi ’measg na ’n criosduibh gasda
 ’Bhios mu ordraighean a cleachdad,
 ’S leughaidh mi dhoibl sailm na caibdeil,
 ’Us ni mi uirnigh,
 Cho math ri minisdeir na sagart
 · A th’ anns an duthaich.

“ Bu tric a chuir mi eildear diadhaidh
 ’Dh’ annsa ’n cuil leis fein gu stiallach,
 ’S a rinn mi am fear tosdach briathrach,
 ’S an liath-ghead sgaирteil :
 ’S a chuir mi samhach am fear fiadhaich,
 A b’ fhiarta focal.

“ ’S theid mi ’mach ’s a stigh ’measg dhaoine
 A dheanamh ’n cuairt’ am beath’ ni ’s aotroim’ ;
 ’S mu thuitcas oirnn a dhol ro shaor
 Air cach a cheile,
 Ni sinn a chuid is fhearr dhe ’dh’ fhaodas
 An deigh eirigh.”

Mac-tall' Eas-nan-Smuid da 'Chairdean—1895.

Air fonn—“ Ged is farsan,” &c.

CIOD i so 'naigheachd 'tha mi cluinntinn—
 'S beag mo shurd mu 'deidhinn—
 Mu shlachdraich ord 'us ghlagraich chuibhle
 'Bhi 'tighinn dlu do m' eisdeachd—
 'Us prabar grannda bhaltean graineil,
 'Tighinn mar phlaigh a reubadh
 Tir a bhainne, tir an arain,
 'S tir na'n caileag gle-ghlan ?

O ! 'Sgeith mo ghleidhidh, cum-sa bhuam
 Am buaireadh ud, 'us runaich
 Nach cluinn mi 'm feasda le mo chluais
 An truaillidheachd ud dlu dhomh ;
 'S nach fhaic mi fhad 's a bhios mi beo
 Na h-uibhear do ghloir mo dhuthcha
 Dha iobairt suas do'n aon dubh Mhòloch
 'S lugh a coir air umhlachd.

Cha b'e 'leithid a sheirm a chlcachd mi,
 'S cha b'e a thaitncadh rium-sa,
 Mar ghaire maidne o gach badan,
 Cuairt, 'us glaic, 'us cuileag ;
 Ach ceol na'n eoin an uchd nan og-mhios
 Feadh nan ro-chrann urail,
 'Us crongan tiamhaidh 'n t-sheillein riabhaich
 'Measg nan ciad lus flurach.

O ! c'ait' a' bheil spot eile 'n Alba
 'S dreachmhoir' dealbh 'us fiamhaehd
 Na Fothir chosach, bhruachach, bhoidhcach,
 Dhealtach, fheorach, thiorail ;
 An uair bhios clarsachd chraobh 'us phreas,
 'Us chreag 'us eas 'us iosal,
 Ri co-sheirm seisdeach 'measg a chcil'
 A freagairt beus na h-Iar-ghaoith ?

'Chill-Fhinn mo ghraidh tha cuimhn' air la
 Bu bhinn a bha do nuallan,
 'N uair bhiodh cruinneag 'seinn a luinneag
 Fo mhart dhruim-fhionn, uaibhreach,
 Mu d' chluaintean blathmhор, fallain, fasmhor,
 Cuachach, caiseach, uachdrach,
 'Chill-Fhinn mo ghaoil, Chill-Fhinn nam braon,
 'Chill-Fhinn nan raon 'bha luachmhор.

O ! 'dhus nan ginealach a dh' fhalbh--
 Mo laochraibh calma treunda—
 Bu tric a chuala mi a scalg
 Mu 'n cuairt le armaibh gleusda ;
 'S a g' iasgach bradan lannach, borb,
 Air Linne-Ghorm 's a Cheitein—
 Am bi 'ur talamh 'nis' fo chasan,
 Aog'raich għlas nam brein bhail' ?

Nach mis a chitheadh aon uair a ris
 Air ais mo thir mar bha i,
 An uair bha sibh le 'r leannain fhinealt'
 Fcadh na' min-phrcas bħlatha ;
 Mar bha ainnir nam pog meala
 'N caoimhneas tairis Phadruig,
 'Us iomadh dithis o sin—ach bhuaïn
 Mo bħruadar uaibhrcach, sgailcach.

An Fhiach Dhuinn a bhi Beo ?

MU 'N t' shaoghal 's tric a th' agam smuain,
 'S bu mhiann leam tuigsinn mu ghach cuis
 'An turus duine ehum na h-uir,
 'S c'a'rson a tha e 'n so air ehuairt

An diomhanas a staid gu leir ?
 Naeh d' fhuair e reusan agus cainnt ?
 Naeh 'eil ughdarras 'na 'laimh ?
 Aeh eiod e do na Chruinne Che ?

Cha 'n 'eil aeh euimhn' aig' air an de,
 'S chan inns' an diugh dha mu 'n a ni
 A bhios a' maireach ris a stri ;
 Eadhon na 'm faie e 'maireach fein.

O latha 'bhreith gu oidheche 'bhais
 Cha 'n 'eil e ach bho lob gu lon,
 Mar neaeh a chaill a cheum 's a cheo,
 'S 'an cunnart a bhi caillte 'gnath.

'S ged a thuiteadh dha air uair
 Gum faigheadh e le tairms a eheum,
 Cha 'n 'eil a ehreideadh ann na 'eheill
 Gun aithnich na gun lean e 'chruaidh.

Tha 'nadurraehd ga 'thoir gu taobh
 Mar thig liathadh air a eheann,
 Mar ruitheas struthan sios le gleann,
 'S mar thuiteas duilleach dhe na ehraobh.

'S a gabbail na h-uile ni mu 'n cuairt—
 Boehduinn, trioblaidean, 'us pein—
 An ean sinn gur e duine fein
 Is coire ri e bhi 'n staid cho truagh ?

An d' fhuair e comas air a la
 A ghrianachadh, na 'm be a mhiann ?
 Na 'n d' rinn e fein le neoil a ghrian
 A dhorchadh mar naeh d' riaghlaadh dha ?

Cha 'n urra' tur dhuinn siu a radh'—
 'N uair chi sinn laigsc mhor chlann-daoin'
 An aghaidh dorainnean an t' shaoghail,
 'S nach ann na 'n lamh 'tha breth na bas.

Thig duine so cha 'n ann de fein,
 Ach mar a dh' fhasas meas air craobh,
 'S mar a sheideas seachad gaoth,
 'S mar thig am fluran air an fheur.

Cha teid fharaid dhe 'ne 'mhiann
 A thighinn, na 'thighinn aig tiom seach tiom,
 A thighinn, na 'thighinn air tir seach tir,
 Gu ceum an t' shaoghail so a thriall;

Gun chriut gun eolas air a lamh,
 'S e guu ghealladh aig' air ni
 A mhaircas na a bheir dha sith—
 Gus a sinear e 's a bhas.

An deigh sin, seall, is iomadh uair
 A dh' fheuch e ri a rathad fein
 A dheanamh direach agus reidh,
 Gu 'cheum a bhi air talamh cruidh.

Nach tric a luidh' 's a dh' eirich grein
 Air dichioll siorruidh 'chiune-dhaoin'
 A cumail cogaidh ris an t-shaoghal—
 A' mulad, peacadh, agus peiu ?

Nach iomadh boinne 'dh' phallus goirt
 A dhoirt a poran dhaoine treun,
 A latha 's a dh' oidhch' fo dhalladh dheuir,
 Le cridhcachaibh creuchdach, eigneach, bochd,

A cumail fodha naimhdean mor
 A tha 's an rathad air taitneas dhaoin',
 'S a tha a buaireadh air gach taobh
 Gach neach a dheanadh feum ua 'lo ?

'S nach iomadhl smuain le durachd cheart
 A fhreumhaich ann an cridhe fior,
 'S a chaidh an airde 'dh ionnsuidh 'n Triath,
 Air nach d' thug an saoghal feairt ?

'Us anail a dh' fhas anmhann gearr,
 A feuchainn ris an t-saoghal bho:hd
 A shaoradh 'bheag na' mhor o lochd,
 Na 'dheanamh ni-eiginn ni's fhearr ?

Ach ciod a bh' ann an run an Ti
 'N uair thug e duine so an tos,
 Gu trioblaid, mulad, agus bron,
 Cha thuigear 'us cha lamhar inns.'

Tha 'bhas cho cinnteach ri a bhrefh,
 'S ged' dh' eircadh leis an saoghal 'na 'la,
 Theid a chruthachaibh ri lar,
 'S cha chuir ailleas uair ri 'bheath.'

Seall, dh' eirich rioghachdan mu 'n cuairt,
 A bha cumhachdach 'us mor,
 A chuir ri cheile cuid 'us coir,
 Ach c'ait a bheil an diugh an uaill ?

Dh' fhalbh iad mar an sneachda ban,
 A nuair a thuitcas c 's an amhainn,
 Na mar an deigh 'bhios ris na tighean
 Ri gathan grein a' meadhon la.

'S cha' n 'eil ann diubh ach an t-ainm,
 Ged theireadh ncach nach d' thigcadh crioch
 Air morachd, aillcachas, 'us fiach
 Na bhuineadh dhoibh re laitha' 'n sealbh.'

Ach mar thig oidhche 'n deigh la,
 'S mar chuireas gcamhradh as do shamhradh,
 Theid saoghal an deigh saoghal anihladh,
 'S cha bhi ann diu' ach an sgail.'

Thig uairean 'na mo chridhe 'radh'
 Nach fhiach do dhuine bochd bhi ann,
 'S a luighad cruaidhchlas agus tceann,
 A thuitcas tarsuinn air a ràth'd.

Cha luaithe gheabh e air a chruaidh,
 'S obair bhochd a dhichioill slan,
 Na 'theid a thilgeil sios ri lar,
 Mar nach biodh ann da ach smuin—

Mar gun cuireadh c lc focal
 Nithibh rithisd mar a bha iad,
 Mu 'n do chuir mi-fhortan saradh
 Ann, 's a dh' fhagadh e am bochdainn.

Mar thig fuar-fhead ghoirt na Mart,
 'S a bheir i 'm bith a freumh 'us flur,
 'S a bheir i as an fheur a shugh,
 Trioblaidean an t-shaoghal dha ;

A cheann an aghaidh 'n t-sruith gu brath ;
 Na 'n cumadh c 'na chuimhn' gach ni
 A dh' fhag a larach air a chridh',
 Cha shcasadh inntinn ris ach gearr.

Latha 'n uachdar 's deich an iochdar,
 'N uair a thig air am a bhais
 Cha ' ncil as a dhcigh ach sgail',
 Agus roimhe—co 's urainn innseadh ?

Am Feileadh Beag.

Air fonn—“ Is toigh leam a Ghaidhealtachd.”

A dh' aindeoин 's gach eideadh
 'S e 'm feileadh mo nìhiann-s' ;
 Tha ni 'gin ro thlachdmhor
 'Na 'phleatagan dion ;
 'S na 'm faighinn mo riarrachadh
 Dh' iaruinn gu saor
 E 'bhi 'comhdach nan Gaidheal
 'S gach cearna dhe 'n t-saogh'l.

Sar sgeadachadh maiseach
 Ar 'n athraichean graidh,
 'S iomadh deuchainn troimh 'n deach' iad
 'An cairdeamh a bhlaiths ;
 Mu'n robh Alb' agus Sasunn
 Ach lag agus og,
 Gheibhте suaint' aon am breacain
 Laoich ghaisgcaonta, chrodh'.—

Fir churanta, shomalta,
 Thogarrach, chruaidh,
 Luchd labhairt na Gailig;
 Deadh chanan nam buadh ;
 A sgriobh an curs' eachdraidh
 'An sgairealachd threun—
 Chia teid di-chuimhn' gu brath
 Air na dh' fhlag iad a' 'n deigh.

'S fhad' an tos o'n a ghrian iad
 Air sgiathaibh nan aois,
 A blathadh an ceumnaibh
 Mar an ceitein na raoin ;

Mar bhristeadh na maidne
 Feadh dhail agus gheann,
 A g' inns' ann an sanais
 An latha 'bhi teamn.

'S o sin—'s cha b' ann aon uair—
 'An saoradh ar tir,
 Co riamh a bu truim'
 Air na chuireadh oirnn cis
 Na na curaidhean cruaidh-lamhach,
 Luath-cheumach geur,
 Nach tilleadh o chunnart
 'N uair chuit' orra feum ?

'S iomadh namhad a dh' aithhich
 Tighinn tarsuinn air laoich
 Tir arda nan gleannaibh,
 Nam beannaibh 's an fhraoch ;
 'N uair a dh' inntrigeadh orra-sa
 Corruich 'us gruaim,
 Cha b'e cleachdadh nam fleasgach
 A bhi 'dh' casbhuidh na buaidh.—

'N uair a lasadh an t-sradag
 Ri fearaibh mo luaidh—
 Gaol duthcha na 'n cridh'
 'Us seisd pioba na 'n cluais—
 Cha b'e cluitheag dhibhearsain
 A thaitneadh ri run
 Sar fhiurain an tartain,
 Fir bhras nan glun ruisgt'

Far 'm bu truime na buillean,
 'S far 'm bu ghuiniche 'n t-shreup,
 Gheibhte garbh-mtic a mhonaidh—
 'S co b' fhuileachdaich beum ?
 'An aghaidh a chruadail
 'An guaillaibh a cheil' ;
 'S cha bu tric a chaidh 'n tilleadh
 Gun mhilleadh a'n deigh.

'S iomadh buaidh a tha fuaithe
 Nach buannaich mi inns',
 Ri suaicheantas aluinn
 Nan Gaidheal 's 'an tir ;
 'S ged a thainig droch am air
 'Us teanntachd air uair,
 Cha deach as da 's cha teid
 Fhad 's a bheuceas an cuan

A direadh nan tulaich
 'S na' mullaichean geur,
 A siubhal an fhirich
 'S a sireadh an fheidh ;
 'An cuideachd na'n coinneamh
 Ciad is loinneil' 's is boidhch'
 Na 'm feileadh 's an sporan,
 An t-osan 's a blirog ?

Oran.

Air fonn—“ Ged 'tha mi gun chrodh,” &c.

Ged 'tha mi gun chuideachd agam,
 Gun luchd-gaoil ri m' thaobh, gun charaid ;
 Ged 'tha mi gun chuideachd agam,
 'Chunna' mise 'n latha bha.

C' aite dhomh-sa 'n diugh na fiurain
 Bu tric a chaidrich air an gluin ini,
 'S a rinn cagar-cheol 'us sugradh
 Ann sa chuil so rium 'na m' phaisd' ?—

Na fir mhora, chumair', threunda,
 'Reachadh astarach ri sleibhtean,
 'S a thug tric a chuaireachd spreidh'
 Ri maduinn Cheitein mi air lamh ?

'S c' ait' am beil na fleasgaich oga
 A bha miosail orm 'na 'm oighe,
 Mu 'n do shearg an ruiteag bhoidheach
 A ghabh coir air fear na dha ?—

Mu'n do liath na ciabhan cuachach,
 Air 'm bu mhiann leam fhin bhi 'smuainteachd
 Mar or-chearcaill gaoil mu'n cuairt
 Do chridheachaibh uaibhreach fir mo ghraidh ?

'S ochan ! c' ait' am beil an leannan
 Do 'n d' thug mi an trom chion-falaich ?
 Cha chuir bliadhnhachan a' m' aire
 Mo mhor ghealladh dha thair chach.

Theicheadh grian 'us cuan 'us talamh
 Mas a deanain-s' esa 'mhealladh ;
 Cha b' ann bhuaithe a bha m' aire ;
 B'e mo ghloir bhi tagus dha.

'S a nise b' fhearr leam gun 'bhi 'smainteachd
 Air an tiom a dh' fhalbh na 'm faoduinn ;
 Ach 's buidhe lcis an aois bhi 'g aomadh
 Sios air caochlaidhean na bha.

Cia 'rson is docha leinn 'bhi 'bruadal
 Air ar n' oig' ged 'bhiodh i cruaidh oirnn,
 Na air sgeithibh dochais uallach
 Eirigh suas an duil ri fearr ?

Tighinn an t-Shamhraidh—Earann.

Air seann fhonn.

THAINIG caoin ghuth an t-Shamhraidh
 A dhusgadh ghleann as an surin,
 'S dh' fhosgail *Phœbus* le or-shlat
 Ionmhais ghlormhor nam bruach ;
 Tha an og-shobhrach chubhraidh,
 'S an duilleach dhu'-ghorm, 's am feur,
 A stri co 's aluinn' 's is lionneil'
 A theid an coinneamh na grein.

Mar gu 'n driuchdad air thalamh
 Maoth dhealt neamhaidh a mhan,
 Bruchdaidh fonn agus fearann
 Le oran aighear 'us failt',
 A deanamh acidh ris a C'heitein,
 Air cathair pheurlainn tighinn dlu,
 Fo thrusgan gcal-a-mhaiseach, oirdhearc,.
 Air dhath nan ros 'us nam flur.

Theich garbh fhuachd a Gheamhraidh
 Roimh chaoin na Bealltuinn air falbh
 Sgaoil gach gruaim agus grcann-ghnus
 Na 'n deann-ruith, 'us shearg ;

Mar cheo liathanach maidne
 Roimh ghathan geala na grein,
 'N am tamadh beath' agus gairdeas
 Air fircach, fas-ghleann 'us gheug.

Tha 'm beatha bruchdadh 's na lagain,
 'S gur urail, cnagant' e 'fas,
 Gu dosrach, barra-gheugach, cuachach,
 Bagant', cluas-dhuilleach, lan ;
 Air thus le binn-sgeul an aoibhneis—
 An Samhradh caoimhneil 'bhi 'n lamh—
 'S a sanais ciuin ris a choille
 'Thighinn 'an coinneamh na Maigh.

'Us calltainn caol-shlatach, meurach,
 A toir na sgeula lc aoidh,
 Feadh nan cos-chnocan fcurach,
 'Us feedh nan reidh-ghlaiceag maoth ;
 Am fcarna cnotach dha 'sgaoileadh
 A' measg chaochain 'us loin ;
 'S na pris bheaga 'cur orra
 An culaidh shonais 'us ghloir.

'S cluinn an smeorach a gleusadh
 A feadan teud-mhilis ciuin,
 A ghabhail oran binn, seisdceach,
 'An guth is cibhniche surd ;
 Agus cuach air a gheugan
 A caoin bheusadh a chiuil,
 A chur failt' air a mhaduinn
 Anns a bhadan mhin, chubhr'.

'S an dreathan-donn 'us an smudan
 Fo scith nan ur-phreas ri srann,
 Le binn ghuth tiamhaidh a comhnadh
 Ri coisir bhoidheach nan glcann ;
 Gach eun anns a chro-choill
 A cur a choir ris an t-sheisd,
 'S a seinn tighinn an t-Shamhraidh
 Feadh nan crann-dhailcan rcidh.

'S faic crodh slinneanach, cluasach,
 Sliosach, guaill-fhionn air raon,
 A rithisd a siubhal nan glaiccag
 Gu h-astarach saor ;
 'S na laoigh bheaga 's a gheumnaich,
 Ri cluaineis eibhneach dhoibh fein,
 Air na foicheagan comhnard
 Is pailte lon anns a Cheit.

B' e sid àm na mor ghairdeas—
 'S ann leam a b' aluin a bhi
 Le mo leannan gu cairdeach,
 Feadh nám blath-dhoire min ;
 'N uair bhiodh an Samhradh a dusgadh
 Ann an ur-ghleannainn rcidh,
 'S a cur 'an gorm-chulaidh sgiamhach,
 Gach lusan, fiar, agus geug.

A CHRIOCH.

